











U A I L L

ANN AN

CRANN-CEUSAIDH CHRIOSD.

LEIS AN URRAM^H IAIN MACLABHRAINN.

GLORYING IN THE CROSS OF CHRIST.

BY THE

REV. JOHN MACLAURIN.

TRANSLATED BY DUGALD MACPHAIL.

EDINBURGH:

MACLACHLAN & STEWART, SOUTH BRIDGE.

1883.

EDINBURGH :
PRINTED BY LORIMER AND GILLIES,
31 ST. ANDREW SQUARE.

86.

PREFATORY NOTE.

MR. MACLAURIN was one of the few distinguished preachers produced by the Church of Scotland during the last century. Born in the manse of Glendaruel, Argyllshire, in 1693, and educated at the Universities of Glasgow and Leyden, he was licensed to preach the gospel by the Presbytery of Dumbarton, and ordained in 1719 to the pastoral charge of the parish of Luss; whence he was translated in 1723 to the North-west Church of Glasgow. Although not a "popular" preacher in the ordinary sense of that term, his eminent intellectual endowments and weight of character raised him to a position of great influence in the West of Scotland. "The strength of his genius," says Dr. Erskine, "and the solidity of his judgment, furnished him with sentiments new and ingenious, and yet solid and convincing, when explaining or vindicating some of the most important articles of the Christian faith." Mr. Mac-

laurin died, after a few days' illness, on the 8th of September, 1754. All his literary remains are valuable, and indicate a mind of refinement, elevation, and power; but his name is best known in connection with the following sermon, which has long been regarded as a pulpit classic, and by the late Dr. Candlish, as the finest evangelical sermon known to him in the English language.

Kindly and liberally assisted by a few devoted friends of the Glasgow Gaelic Mission, the translator is enabled to publish a stereotyped Gaelic edition of this wonderful sermon, trusting it may in this form obtain the patronage and appreciation it deserves, as a glorious exhibition of Christ and Him crucified; and as a valuable, though small, contribution to our choice, but scanty, Celtic literature.

D. MACPHAIL.

GLASGOW, *October, 1877.*

U A I L L

ANN AN

CRANN-CEUSAIDH CHRIOSD.



“ Ach nar leigeadh Dia gu’n deanainn-sa uail ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Iosa Crìosd, tre’m bheil an saoghal air a cheusadh dhomhsa, agus mise do’n t-saoghal.”
GAL. vi. 14.

THA e fìor a thaobh moran de na cuspairean is ro-oirdeirce th’ anns an t-saoghal, nach faicear an oirdheirceas anns a cheud sealladh a gheibhear dhiu; agus air an laimh eile, gu’m bheil ioma ni air bheag luach a dh’fhaodar a mheas moran ni’s oirdheirce’s a cheud sealladh, na’n uair is dluithe bheachdaichear orra. Tha cuid do nithibh ’n an iognadh dhuinn a chionn nach aithne dhuinn iad, agus mar is mo gheibh sinn a dh’eolas orra, is ann is lugha ar meas orra : tha nithibh eile ann mu’m bheil sinn caoin-shuarach tre aineolais, do bhrìgh nach faighear eolas air am maise agus air an oirdheirceas as eugais dragh agus dian-adhartachd.

Tha so gu h-àraidh fìor a thaobh a chuspair a th’ air ainmeachadh anns a cheann-theagaisg— cuspair ro-ghlormhor, ach a tha gu coitchionn air a dhimeas. Cha n eile ni-eile mu’m bheil beachd an t-saoghail cho tur an aghaidh a eheile. Le cuid, tha

e uile gu leir suarach ; le cuid eile, tha e uile gu leir glormhor. Tha e na ioghnadh do mhoran ciod na feartan-tàlaidh tha cuid eile a faotainn ann : agus tha e 'na ioghnadh dhoibh sud, cia mar tha chuid eile de'n t-saoghal cho baoghalta 's nach eil iad a faicinn na feartan-talaidh ceudna ann. Tha doille muinntir eile, cho math ris an doille 's an robh iad fein aon uair 'na mhor-ioghnadh dhoibh.

Tha e air aithris mu *Mhelancthon*, a cheud sealladh a fhuair e de ghloir a chuspair so mu'n am an robh e air iompachadh, gu'n robh e saoilinn nach biodh e duillich dha le impidhean simplidh, dearbh shoilleireachd a thoirt do mhuintir eile uime. Bha chuis cho soilleir, agus na dearbhaidhean cho laidir, agus nach b'urrainn e fhaicinn gu'm bu chomasach do neach sam bith seasadh a mach 'n a aghaidh, na 'm biodh e air a chur gu soilleir fa chomhair. Ach cha b'fhada gus am b'eigin dha aideachadh le doilghios—gu'n robh seann Adhamh ni bu treise na *Melancthon* og ; agus gu'n robh truailidheachd naduir ni bu treise na impidhean dhaoine as eugais grais Dhe.

Is e am feum bu choir dhuinn a dheanamh dheth so, gu'n iarramaid an gras soillseachaidh sin air ar son fein, air son an robh Pol ag urnuigh as leth nan Ephesianach (Eph. i. 17) “ Gu'n tugadh Dia ar Tighearna Iosa Criosd, Athair na gloire, spiorad gliocais agus foillseachaidh dhuinn ann an eolas airsan.” Bu choir dhuinn anns a chuis so, mar anns gach cuis eile, urnuigh agus meadhonaibh aonadh ri cheile—mar sin, is e aon de na meadhonaibh sonruichte gu eolas fhaotainn air sar-bhunait

ar creidimh agus ar dochais, a bhi breithneachadh air glior a chuspair ud, a th'againn ann an cainnt cho laidir anns a cheann-theagaisg so, le neach aig an robh aon uair, barail cho suarach uime's is urrainn a bhi aig aon sam bith a tha fhathast am measg a naimhdean.

Anns a chomh-theagasg, tha an t-Abstol ag innseadh do na Galatianaich ciod e anns an robh luchd teagaisg breige araidh a deanadh uail ; agus ciod anns an robh e fein a deanadh uail. Bha cach a deanadh uail ann an seann deasghnathaibh lagha nan Iudhach, nach robh ach 'n an sgàilean a mhain : bha esan a deanadh uail ann an crann-ceusaidh Chrìosd, brìgh nan sgàilean ud. B'aithne dhasan gu'n robh e cur masladh air Crìosd a bhi nis a cur an urram air na sgailean ud a bhuineadh dhoibh roimh laimh, air do'n chuspair air an robh iad 'n an samhladh a bhi nis air fhoillseachadh. Uime sin, tha e le mor eud a cur cul riu ; agus aig an am cheudna, ri uail anns a chuspair bheannaichte ud a b'e crìoch nan sgailean a bhi samhlachadh—"Nar leigeadh Die gu'n deanainn-sa uail ach ann an crann-ceusaidh Chrìosd, tre am bheil an saoghal air a cheusadh dhomhsa, agus mise do'n t-saoghal."

Anns a cheann-teagaisg tha an t-Abstol a feuchainn dhuinn an t-ard mheas a bh'aige air crann-ceusaidh Chrìosd, mar an ri sin as an robh e a deanadh uail :—agus a bhuidh chumhachdach a bha aige air 'inntinn, mar an ni sin leis an robh an saoghal air a cheusadh dhasan, agus esan do'n t-saoghal.

Anns na sgriobturan, tha crann-ceusaidh Chrìosd

air uairibh a ciallachadh fulangais a phobuill air a sgath-san, agus air uairibh eile fulangais Chrìosd air an son-san. Mar is e an seadh mu dheireadh seadh sonruichte agus ro nadurra nam briathran, tha aobhar a bhi codhunadh gur h-e sin an seadh a th'aig an Abstol's an amharc. Is e so seadh nam briathran anns an dara rann deug de'n chaibidil so, a tha labhairt mu gheurleumhuinn airson crann-ceusaidh Chrìosd, sin ri radh—airson teagasg a chroinn-cheusaidh. Os barr,—thae dearbhata nach iad arfulangais fhein, ach fulangais Chrìosd anns am bheil sinn gu h-àraidh ri uail a dheanadh thar gach ni eile. Cha'n iad ar fulangais fhein ach fulangais Chrìosd a bheir caitheamh-as air ar truailidheachd ; agus a cheusas an saoghal dhuinne, agus sinne do'n t-saoghal.

Tha crann-ceusaidh Chrìosd anns an rann so a ciallachadh, cha n e 'bhas amhain, ach an t-iomlan d'a irioslachadh, no an t-iomlan de fhulangais a bheatha agus a bhais a bhi air an lan-choimhlionadh ann am fulangais a chroinn-cheusaidh. Tha an t-Abstol an so agus an àitibh eile ag ainmeachadh a chroinn-cheusaidh gu bhi eur 'n ar cuimhne modh a bhais, agus gu bhi neartachadh 'n ar n-inntinnean na druighidhean a rinn fein irioslachd a bhais ud oirn, no bu choir dha dheanadh oirn. Gu'm fuilingeadh ughdar na saorsa, bas traill—gu'm fuilingeadh tobar gach urram, doimhneach gach maslaidh ; gu'm biodh am peanas a b'abhaist a bhi air a dheanadh air na peacaich a bu dimeasaiche, airson na droch-bheart a b'antromaichte, air a leagadh air an neach a b'urrmaiche d'am bu chomas fulang ;—Is e so an cuspair anns an robh an t-Abstol a deanadh uail.

Cha'n eil da ni is calg-dhiriche an aghaidh a cheile na gloir agus masladh. Ach an so tha an t-Abstol 'g an aonadh ri cheile. Tha an crann-ceusaidh ann fein 'n a chuspair tha lan de mhasladh ; ach anns a chuis so, tha e, ann am beachd an Abstoil, lan do ghloir. Cha bhiodh e cho comh-arraichte na'n abradh e gu'n robh e deanadh uail ann an ardachadh 'Fhirsoraiddh an deigh dha an saoghal fhagail—no anns a ghloir a bh'aige maille ris an Athair mu'n robh an saoghal ann. Ach is e am Fearsoraiddh e fein, cuspair uail an Abstoil—cha'n ann amhain anns an staid a b'airde d'a onoir agus d'a inbhe—ach eadhoin anns na suidheachaidhean a b'isle d'a mhasladh agus d'a dhiblidheachd—cha'n ann mar Shlanuighear cumhachadh agus ardaichte, ach mar Shlanuighear air a dhiteadh agus air a cheusadh.

Is e bhi deanadh uail a cuspair sam bith, a bhi cur na h-urram is airde air. Bha crann-ceusaidh Chrìosd ard-urramach am beachd an Abstoil thar gach cuspair eile. B'e a thlachd a bhi gabhail fath air gach cothrom gu bhi ag aideachadh agus a taisbeanadh am fianuis an t-saoghail an t-ard mheas a bh'aige air. Bha' chridhe agus aignidhean air an lionadh leis gus nach robh rum air fhagail annta do ni sam bith eile ; agus mar tha e 'g innseadh dhuinn ann an aitibh eile, “gu'n do mheas e na h-uile ni na'n call agus na'n aolach” (Phil. iii. 8), agus gu'n do chuir e roimhe nach gabhadh e eolas air ni sam bith 'nam measg ach Iosa Crìosd, agus esan air a cheusadh (1 Cor. ii. 2).

Tha dealas agus dian-dhurachd chomharraichte

anns a chainnt 's am bheil an t-Abstol a taisbeanadh a mheas air a chuspair so. “Nar leigeadh Dia” ar neo, na tachradh e air achd sam bith;—mar gu'n abradh e—Nar leigeadh Dia, ciod air bith a ni daoine eile—gu'm biodh e air a radh do m' thaobhsa—Pol, a bha aon uair 'n am fhear geurleannhuinn, gu'n deanainnsa uail a ni sam bith ach ann an Fearsaoraidh air a cheusadh, a spion mise mar aithinne as an teine, 'n uair a bha mi dian-ruith ni b'fhaide agus ni b'fhaide uaithe; a bha 'g am ruagadh le 'throcair agus le 'chaoimhneas, 'n uair. bha mise 'g a ruagadh san 'na bhuill, le ainiochd agus le gairge. Rinn mise e tre aineolais; agus is ann amhain tre aineolais tha neach sam bith 'ga dhimeas. Ach a nis dl'fhoillsich se e fein dhomh. Agus nar leigeadh Dia gu'n teid an solus a choinnich mi air an t-slighe gu Damascus a smàladh gu brath as m'inntinn. Bu sholus e bha lan do ghloir; Bha'n cuspair a thaisbein e dhomhsa uile gu leir glormhor—'na uile anns na h-uile. Agus nar leigeadh Dia gu'n deanainnsa uail ann an ni sam bith eile.

Mar bha mor-mheas aige air a chuspair ghlormhor so, bha buaidh aig air da reir; oir leis a chuspair so bha an saoghal air a cheusadh dha, agus esan air a cheusadh do'n t-saoghal. Is e bh'ann ceusadh taobh air thaobh. Is e am meas a bh'aige air Chrìosd cion-fath an dimeis a bh'aig an t-saoghal airsan, agus aigesan air an t-saoghal. Cha n e gu'n tug an crann-ceusaidh e gu bhi fuathachadh muinntir an t-saoghail; no gu bhi cur cùl ri 'thoilinntinnean laghail. Is ann a cheadaich e dha na toilinntinnean ud a mhealtuinn, agus dh'eignich e e gu daoine an

t-saoghail a ghradhachadh. Ach cheus e annsan na truailidheachdan a tha gintinn fuath d'ar coimhearsnaich, agus 'gar fagail neo-chomasach air taitneasan an t-saoghal a shar-mhealtuinn. Is e theirear ris an ni so, gleachd, cogadh, cathachadh agus marbhadh; a chionn gu'r coir dhuinn am peacadh a mheas mar ar namhaid is mo; an namhaid is mo th'aig ar'n anmaibh agus aig Slanuighear ar'n anmaibh. B'e sud beachd an Abstoil mu'n pheacadh, agus mu'n truailidheachd a th'anns an t-saoghal tre anamiann (2 Pead. i. 4). Bha e scallt-uinn air a pheacadh mar mhortair a Shlanuighear; ni a las 'na chridhe ceart-dhioghaltas 'na aghaidh; lion sud e leis na deothasan naomh an aghaidh a pheacaidh, a th'air an ainmeachadh leis fein mar thoraidhean nadurra air creideamh agus aithreachas; —“ ro-dhiomb, eagal, dian-thogradh agus togradh dioghaltais.” Is e sin, dearbh-ghrain do'n pheacadh, maille ri faire chùramach 'na aghaidh (2 Cor. vii. 11). Is e so tha an t-Abstol a ciallachadh le ceusadh an t-saoghail. Is e is brìgh do'n chainnt so gu'r h-e gradh neomheasarra do nithibh talmhaidh aon de mhathairean-aobhair a pheacaidh. Rinn crann-ceusaidh Chrìosd a leithid a dh'atharrachadh grasmhor air aignidhean an Abstoil 's nach robh nis an saoghal dhasan an ni bha e do mhuintir eile, agus a bha e aon uair dha fein. Bha 'anam sgith d'a ghreadhnachas, agus chaill e 'bhlas do na nithibh anns am mo an robh de thlachd aige roimhe. Bha urram an t-saoghail suarach 'na bheachd, a shaoibhreas 'na bhochduinn; agus a sholasan deist-inneach; cha robh' fhabharan no' eiseimpleirean a

nis 'n an cuspairean-talaidh dha ; ni mo bha 'fhuath 'n a chulaidh eagail dha. Bha e sealltuinn air gradh agus air fuath dhaoine, cha b'ann gu sonruichte ann an solus na buaidh a bhiodh aca airsan ach orra fein, anns an tomhas am faodadh iad a bhi'g adhartachadh no cur bacaidh air soirbheachadh a theagaisg 'nam measg. Faodaidh na nithibh so uile bhi air am filleadh a stigh ann an ceusadh an t-saoghail a th'air ainmeachadh anns a phairt mu dheireadh de'n rann.

Air do'n t-searmoin so bhi air a bonntachadh air a cheud phairt de'n rann—"Nar leigeadh Dia gu'n deanainnse uail ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Iosa Crìosd"—Is e an teagasg a tha gu sonruichte air fhilleadh ann ;—

Gu'm bheil crann-ceusaidh Chrìosd na aobhar uail do pheacaich thar gach uile ni ; seadh, gu'r h-e, air mhodh àraidh an t-aon ni amhain anns am bu choir dhoibh uail a dheanadh ;—oir tha an t-iomlan de irioslachadh Chrìosd, agus gu sonruichte a bhas airson pheacach, 'na chuspair d'am buin a leithid de ghloir gun choimeas, 's gu'r cubhaidh dhuinn na beachdan is airde agus is urramaiche altrum d'a thaobh.

Mar tha an fhirinn so gu soilleir air a filleadh a stigh anns a cheann-theagaisg, tha i mar an ceudna gu tric air a sparradh oirn ann an earranan eile de'n sgrìobtur : mar tha (2 Cor. iv. 6) far am bheil e sgrìobhte—"Oir is e Dia, a thubhairt ris an t-solus soillseachadh a dorchadas, a dhealraich 'nar cridheachaibh-ne, a thoirt dhuinn solus eolais a ghloire ann an gnuis Iosa Crìosd." Mar chithear

mar an ceudna anns an (2 Cor. iii. 18, agus 1 Cor. i. 18-24). Tha e soilleir uime sin, far am bheil na sgrìobturan a labhairt mu “ghloir Dhe ann an gnuis ar Tighearna Iosa Crìosd,” gu’r h-e tha e ciallachadh gu sonruichte—a ghloir ann an gnuis Chrìosd air a cheusadh; eadhoin, ann an obair na saorsa a chrìochnaich e air a chrann-cheusaidh.

Ann a bhi labhairt o na briathran so, tha e iomchuidh beachdachadh *anns a cheud aite* agus sin gu h-aithghear, air, Cìod e sin a bhi deanadh uail ann an cuspair sam bith; agus a rìs, Cìod e an t-aobhar uail a th’againn anns a chuspair ghlormhor so a tha fa’r comhair anns a cheann-theagaisg.

Tha bhi deanadh uail ann an cuspair a gabhail a stigh an da ni so:—*Anns a cheud aite*, ard-mheas a bhi againn air; agus *’s an dara aite*—daimh no gnothuch eigin a bhi againn ris. Cha dean sinn uail anns na nithibh ri’m bheil gnothuch againn, mur eil meas againn orra; no anns na nithibh air am bheil ard-mheas againn, mur eil air dhoigh eigin daimh no gnothuch againn riu. Ach ged is e gnothuch gach crìosduidh aideachail ann an seadh eigin, uail a dheanadh a crann-ceusaidh Chrìosd a thaobh an daimh ris o’n leth a muigh le an cocheangal baistidh, agus do bhrìgh gu’m bheil toraidhean beannaichte a chroinn-cheusaidh air an taisbeanadh gu soilleir, agus air an tairgseadh gu saor dhoibh; gidheadh, is ann dhoibhsan a mhain a ghabh gu treibhdhireach ris an tairge da’n comas gu firinneach uail a dheanadh anns a chuspair so. Ach gidheadh, tha an ni so tha dhoibh sud ’na shochair, ’na dhleasannas do na h-uile. Bu choir

gu'm biodh na h-uile air an earalachadh gu uail a dheanadh anns a chuspair so, gu'n cuireadh iad mor-mheas air, air sgath 'oirdeheireis mar tha e ann fein; gu'n suidhicheadh iad an cridheachan air tre chreideamh do bhrìgh gu'm bheil e'n an tairgse: gu'n taisbeanadh iad am meas air le bhi ag iarraidh coir ann; agus air dhiobh meas iomchuidh chur air, agus coir fhaotainn ann, gu'n deanadh iad dichioll gu bhi deanadh buan-ghairdeachas ann.

Ach is ann le beachdachadh air gloir a chuspair so;—Crann-ceusaidh ar Tighearna Iosa Crìosd, is fearr a thuigear nadur a ghairdeachais a tha acasan a fhuair coir ann.

Bha na faidhean o shean, leis an robh teachd Chrìosd air a roimh-innseadh, air an lionadh le aoibhneas aig meud an t-seallaidh shoilleir a fhuair iad air a ghloir. Tha am Messiah air fhoillseachadh cha n' ann amhain 's an Tiomnadh Nuaidh ach mar an ceudna 's an t-seann Tiomnadh, mar an neach is comharraichte agus is urramaiche bha riamh air an talamh. Tha iad a labhairt uime mar Uachdaran glormhor, mar Phrionnsa, mar Rìgh, mar Ghaisg-each buadh-mhor, a bharr air ainmeannan moralach agus ard-urramach eile; a nochdadh gu'm biodh 'uachdaranachd farsuing agus buan-mhaireannach, agus gu'm biodh an talamh uile air a lionadh le 'ghloir.

Ach tha a dhiblidheachd cho math ri 'mhorachd air a roimh-innseadh leis na faidhean. Tha iad ag innseadh gu'm biodh e da rìreadh 'na Rìgh glormhor, ach air a dhimeas agus air a chur air cul le daoine:—agus a dhaindeoin gach ard-dhòchas a

bh'aig an t-saoghal d'a thaobh, gu'n rachadh e troi an t-saoghal fo thair agus fo dhimeas; gun suim idir dheth ach ann an rathad a bhi buntuinn ris gu drochmhuinneach.

Mu am a theachd bha na h-Iudhaich ann an ard-dhochas ris mar ghaisgeach buadhach a bha gu Israel a shaoradh mar chinneach. Agus ma dh'fhaodar Eachdraidh a chreidsinn; bha aig an am cheudna rud-eigin de bharail am measg fhineachan eile, a thog iad ma-dh'fhaodta o'n fhaistneachd Iudhach, gu'n robh Prionnsa gun choimeas ann an gloir ri eiridh suas anns an Aird-an-ear—agus gu h-araidh ann an Iudea—a bha gu rioghachd uilfharsuing agus chumhachdach a chur suas. Ach bha an cridheachan diomhain, cosmhuil ri cridheachan a mhor-shluaigh anns gach linn, air mhìsg le mor-mheas air greadhnachas talmhaidh, agus b'i sin a mhain a mhoralachd d'an robh tlachd no breithneachadh aca. Mar sin rinn iad dealbh-inntinn dheth-san a b'e "miann nan uile chinneach," ach dealbh a bha gu buileach neo-choltach ris.

Feumaidh Rìgh d'am bi ard-mheas aig an t-saoghal a bhi ann an seilbh air mor-chumhachd, air armailtean lionmhor, crun agus slat-riaghlaidh òir, rìgh-chathair statail, luchairtean moralach, cuirmean greadhnach, moran de luchd frithealaidh ard-inbheach, mor-shaoibhreas agus moran dhreuchdan onorach, agus de dheagh-ghean ri'm buileachadh.

Ach cha b'ann mar sud a thainig e. An aite crun òir, crun sgithich; an aite slat rioghail, chaidh cuile a chur le fanoid 'na laimh; an aite rìghchaithir, crann-ceusaidh. An aite luchairtean, cha

robh aite aige anns an leagadh e 'cheann; an aite cuirmean greadhnach do mhuinntir eile, bu tric a bha e fein ocrach agus iotmhor; an aite luchd frithealaidh ard-inbheach, buidheann a dh'iasgairean bochda; an aite mor-shaoibhreas gu a sgapadh air muinntir eile, cha robh aige na phaigheadh a chis gun miorbhuil oibreachadh. Agus cha robh dreuchd no onoir a b'fharr aige ri bhuileachadh air a chairdean na gu'n togadh iad an crann-ceusaidh ann a bhi ga leantuinn. Anns gach ni bha' shuidheachadh uile gu leir calgdhireach eucosmhuil ri moralachd shaoghalta o 'bhreth gu 'bhas. Prasach an aite creathall aig a bhreth, gun aite an leagadh e 'cheann mar bu trice re a bheatha; no uaigh a bhuineadh dha fein aig a bhas.

Is e an sealladh so air irioslachadh Chrìosd a ghluaiseas an t-ascreideamh gu bhi feoraich le frionnas gearanach,—C' aite 'm bheil a ghloir ud uile tha cho ion-mholta?

Le suil a chreidimh, chithear a ghloir ud troi roinn-bhrat tana 'fheola; agus fo'n chomhdach iriosal ud, chithear Rìgh na gloir, Rìgh nan Rìghrean, an Tighearna laidir treun; an Tighearna treun an cath (Salm xxiv. 8). Is iad na neamhan a rìgh-chathair; an talamh stol a chos; an solus, a thrusgan; na neoil, a charbad; an tairneanach, a ghuth;—tha 'neart uile-chumbachdach; a shaoibhreas uil-'fhoghainteach; a ghloir neochriochnach;—is iad feachd neamh a luchd frithealaidh, is iad muinntir oirdhearc na talmhainn 'oighreachd neothruaillidh, air an do bhuilich e saobhreas dorannsaichte; cuirmean de sholasan buanmhaireann-

ach, agus suidheachaidhean arda a dh'-urram neobhasmhor ;—'g an deanadh 'n an rìghrean agus 'n an sagartan do Dhia ; 'n an luchd buaidh, seadh, 'n an luchd tuilleadh agus buaidh ;—'n an cloinn do Dhia, agus ann an aonadh diomhair ris fein.

Tha rud-eigin ri fhaicinn an so a tha toirt barrachd neo-leithideach air gach gloir thalmhaidh ged tha e fo chomhdach ro-iriosal. Ach tha an comhdach iriosal so an aghaidh càil an t-saoghail. Gidh-eadh, ma bheachdaichear gu ceart air a chomhdach so, chithear e ann an dreach cho glormhor agus gu'm bheil eadhoin a dhiblidheachd ro-urramach.

B' isleachadh glormhor e, do bhrìgh gu'n robh a ruintean agus a thoraidhean ro-ghlormhor. Ma dh'-fhuiling Esan masladh, bochduinn, cradh, bron agus bas re seal ; is ann a chum nach fuilingeadh —midne na nithibh sin a chaoidh. Uime sin, bha an t-isleachadh ud glormhor do bhrìgh gu'n robh e ann an daimh frithealaidh do runtaibh graidh agus trocair a bha neochriochnach ann an gloir.

Bha e 'na fhrithealadh mar so ann an caochladh dhoighean. Riaraidh e agartais an lagha ; chuir e onoir do-labhairt air 'iarrtasan uile. B'e pairt do run Chrìosd a leithid a dh'onoir a chur air naomhachd, sin ri radh, air umhlachd do'n lagh, agus gu'm biodh gach ni eile suarach ann an coimeas ris. Is e gaol moralachd shaoghalta aon de na bacaidhean is mo agus is laidire tha'n aghaidh naomhachd. Cha robh feum againn air eiseimpleir Chrìosd gu bhi moladh dhuinn greadhnachas an t-saoghail ; ach bha mor-fheum againn air 'eiseimpleir gu bhi giulan gun ghearan le bhochduinn : agus gu ard-

mheas a chur air naomhachd, ciod air bith dimeas a dh'fhaodas teachd 'n a lorg. Bha suidheachadh diblidh Chrìosd 'n a mheadhoin luachmhor airson na criche so. Mar sin, bha moralachd eadhoin 'n a dhiblidheachd. Tha onoir dhaoine eile an crochadh ri an crannchur ; ach bha crannchur Chrìosd air a dheanadh onorach leis fein. Tha bochduinn agus isleachd ann an co-bhoinn ri naomhachd air a dheanadh leis-san na staid ro-urramach. Mar sin, bha isleachd Chrìosd o'n leth a muigh, leis an robh 'fhiar-mhoralachd air a folach, ro ghlormhor innte fein, a thaobh an ruin a bu chrìoch dhi.

Gidheadh, cha robh an run ud tur-fholaichte 'na isleachd ; bha iomagath-soluis de a ghloir a dealradh a mach troimh a dhiblidheachd.

Bha a bhreith air thalamh ann an staid dhiblidh ; ach bha e air a luaidh le Alelulia feachd neamh ann an airde nan speur. Bha' aite-comhnuidh ro shuarach ; ach bha aoidhean o dhuthchaibh cein air an stiuradh le reul da ionnsuidh. Cha robh Prionnsa eile riamh a dh'ionnsuidh an robh aoidhean air an treorachadh air an doigh ud. Cha robh luchd frithealaidh cho mor-chuisseach aige 's a bh'aig rìghrean eile : ach bha aireamh lionmhor do dhaoine euslainteach 'ga leantuinn ag iarraidh agus a faotainn leigheis cuirp agus anama ; ni anns an robh barrach de fhiar-mhoralachd na ged bhiodh moran phrionnsachan a frithealadh air. Thug e air na balbhain a bha ga leantuinn a bhi seinn a chliu, na bacaich gu bhi a leum le aoibhneas, na bodhair gu bhi cluinntinn a bhriathran iongantach, agus na doill gu bhi faicinn a ghloir. Cha robh

freiceadan no coisridh ghreadhnach do sheirbheisich aige ; ach mar dh'aidich an Ceannard-ceud aig an robh seirbheisich agus saighdearan fo smachd ;—bha slainte agus euslaint, beatha agus bas fo ughdaras. Bha eadhoin a ghaoth agus an doinionn nach urrainnear a riaghladh le cumhachd talmhaidh, umhal dha ; agus air 'iarrrtas, b'eigin do'n bhas agus do'n uaigh an creich a thoirt suas dha. Cha robh brat-urlair riomhach riamh fo 'chosan ; ach 'n uair a choisich e air an fhairge, chum na h-uisgeach-an suas e. Chuir an t-iomlan de'n chruitheachd, ach daoine peacach amhainn, onoir air mar an cruithfhear. Cha robh ionmhas aige ; ach 'n uair bha feum aige air airgiod chuir a mhuir d'a ionnsuidh e ann am beul eisg. Cha robh saibhlean no achaidhean arbhuir aige ; ach 'n uair a runaich e cuirm a thoirt seachad, chomhdaich e le beagan bhuilionnan bord saobhir pailt airson mhiltean—cuirm nach tugadh riamh a leithid le aon de uile righrean na talmhainn. Troimh na nithibh ud, agus ioma ni eile de'n nadur cheudna, bha gloir an Fhir-shaoraidh a dealradh a mach eadhoin 'n a irioslachadh, anns gach ceum fa leth d'a bheatha.

Ni mo bha 'ghloir tur-fholaicht aig am a bhais. Cha robh e air a leantuinn chum na h-uaigh le leithid de choisir-bhroin, no de loiseam fhaoin le'm bheil ard-uaislean air an adhlacadh. Ach thaisbein tuar na cruitheachd a bron airson bas a h-ughdair ; bha na neamhan agus an talamh 'n an luchd caoidh ; chomhdaich a gbrian i fein le eideadh broin ; agus ged nach robh luchd aiteachaidh na talmhainn air am mor-ghluasad, chrìothnaich an talamh fein fo'n

eallaich eagalaich. Cha robh iad ach tearc am measg nan Iudhach a reub an culaidhean; ach cha robh na creagan air cho beag umhail; oir sgain iadsan an cridheachan. Cha rodh uaigh aige dha fein; ach dh'fhosgail uaigh neach eile dha. Dh'fhaodadh an uaigh agus am bas a bhi bosdail as leth a leithid a dh'fhear àiteachaidh; ach cha b'ann mar iochdaran a fhuair iad an taobh a stigh d'an crìochan e; ach mar namhaid agus mar uachdaran. Sud far an do chaill rìgh nan uamhas a ghath; air an treas la, thug Prionnsa na beatha buaidh air, oir chreach e am bas agus an uaigh. Ach buinidh na nithe so do ardachadh Chrìosd. Tha na nithibh a dh'ainmicheadh roimhe so a taisbeanadh glòir 'irioslachaidh; ach is robh bheag dhiu a th'air an nochdadh anns na dh'ainmich sinn.

Oir is e glòir crann-ceusaidh Chrìosd d'an cubhaidh dhuinn gu sonruichte ard-urram altrum-glòir buadhan neochrìochnach Dhe air an taisbeanadh ann an obair na Saorsa; no mar tha e air a chur leis an Abstol,—“glòir Dhe ann an gnuis Iosa Chrìosd” (2 Cor. iv. 6), agus “Esan eadhoin air a cheusadh” (1 Cor. ii. 2).

Tha gach cuspair eile air an deanadh glormhor a reir an tomhais anns am bheil buadhan Dhe air am foillseachadh leo. Is e sin a tha deanadh uil' oibrìbh a chruthachaidh cho glormhor. “Cuiridh na neamhan an ceill glòir Dhe agus nochdaidh na speuran gnìomh a lamh.” Agus tha sinne gun lethsgèul airson cho beag 's a tha sinn ag oidhirpeachadh a bhi beachdachadh air buadhan Dhe annta;—

'uachdaranachd uile-chumhachdach agus a ghliocas do-rannsuichte, agus gu h-àraidh a mhaitheas neochriochnach.

Cha n eil ann an toraidhean maitheas Dhe ann an oibribh a chruthachaidh, ach fabharan aimsireil; ach tha na fabharan a th'air an cosnadh dhuinn le crann-ceusaidh Chrìosd 'n am beannachdan siorruidh. Ged tha oibribh a chruthachaidh a nochdadh gu'm bheil Dia math ann fein; tha iad mar an ceudna a nochdadh gu'm bheil e ceart, agus gu'm bheil e feargach ruinne airson ar peacaidhean. Ni mo am bheil iad a seoladh dhuinn rathad tre am faod sinn a bhi air ar deanamh reidh ris. Tha iad a cur an ceill gloir a chruithfhear; ach mar an ceudna cur an ceill a laghana, agus na fiachan fo'm bheil sinne gu umhlachd a thoirt dhoibh. Tha ar coguisean ag innseadh dhuinn gu'n do dhearmaid sinn na fiachan ud; gu'n do bhrìst sinn an lagh; agus air an aobhar sin gu'm bheil sinn buailteach do dhiomb Ughdair an lagha. Tha oibribh Dhe, anns am bheil a ghloir air a foillseachadh a dearbhadh gu'm bheil beatha 'n a dheagh-ghean; agus air an laimh eile gu'm bheil bas agus leirsgrios 'n a chorruich: Tha laghanna naduir ann an tomhas eigin gar cur cheana fo a dhiomb. Tha so ri fhaicinn o na tha de thrioblaidean na beatha so agus de phianntaibh a bhais ag eiridh o aobharan nadurra. Air gach laimh tha oibribh Dhe ag agradh dioghaltais airson na combstri a th'aige ruinn as leth bristeadh a lagha. Tha laghanna naduir a toirt beatha car uine d'ar corpaibh anfhann; ach tha bheatha sin air a deanadh searbh tre iomadh amhghar; agus

gu bhi aig a cheann mu dheireadh air am bruanadh agus air an tionndadh gu duslach.

Mar sin, tha aghaidh naduir glormhor innte fein ; ach dhuinne tha i air a dorchachadh le gruaim eagalach. Tha i nochdadh do'n eucorach gloir a Bhreitheamh ;—gloir an Ard-uachdarain do'n cheannairceach chiontach a bhrosnuich a chorruih. Cha'n ann mar so a bheirear solas no saorsa do'n cheannairceach, no a bheirear e gu bhi deanadh uail agus gloir. Uime sin, tha naimhdean a chroinn-cheusaidh, leis nach aill eolas a ghabhail air Dia air seol sam bith eile ach tre oibribh naduir, cho fad as o bhi a deanadh uail ann an dochas ri Dia a mhealtuinn air neamh, agus gu'm faighear iad a cur cul ris gach dochas d'a thaobh, agus mar is trice, ag aicheadh gu'm bheil a leithid sin do shonus idir ri fhaotainn. Tha ar coguisean ag innseadh dhuinn gu'm bheil sinn 'n ar ceann-aircich an aghaidh Dhe ; ach cha n eil nadur a nochdadh dhuinn cionnus is comasach dhuinn a dheagh-ghean a chosnadh ; cionnus, fo uachdaran-achd air dheagh-orduchadh mar tha riaghladh Dhe, a dh'fhaodas am Breitheamh cothramach agus Ughdar an lagha bhi air a ghlorachadh ; agus an ceannairceach air a leigeadh fa sgaoil ; no cionnus idir is urrainn am Breitheamh a bhi air a ghlorachadh agus an ceannairceach air a ghlorachadh mar an ceudna.

Ged tha cainnt naduir soilleir ard-ghuthach ann a bhi cur an ceill gloir a Chruithfhir, tha i dorcha agus ioma-lubach mu thimchioll a ruintean a thaobh chreutairean ciontach. Cha toir i aon chuid lan-

chinnt neo-theagmhach gu'm bheil ar staid eudochasach, no idir bunait chinnteach d'ar dochas. Ma tha sinn 'n ar cuspairean deagh-ghean, cia uaithe cho liugha trioblaid? Ma tha sinn 'n ar ceannaircich gun dochas, cia uaithe cho liugha fabhar? Tha nadur a foillseachadh gloir Dhe agus ar maslaidh-ne; Ach mu shlighe gu dol as, tha i balbh agus tosdach. Tha nadur a toirt iomadh aobhar brosnuchaidh gu bhi miannachadh as deigh Dhe; ach cha'n eil i nochdadh dhuinn ciønus a ruigeas sib'n air na miannaibh sin a shasuchadh.

Ach anns a cheann-theagaisg tha againn cuspair a tha toirt sgeul air nithibh is fearr; oir tha e seoladh dhuinn, cha n e "gu'n iarramaid, a dh'fheuchainn an tarladh dhuinn le min-rannsachadh gu'm faigh-eamaid e" (Griomh. xvii. 27) ach gu'n iarramaid air chor agus gu'm faighear leinn e gu cinnteach.

Tha an teagasg so do-chreidsinn leis an inntinn theolmhor!—Gu'm biodh barrachd de ghloir Dhe air a thaisbeanadh ann an gnuis Chrìosd agus esan air a cheusadh, na chithear an aghaidh nan speur agus na talmhainn!

Gnuis Chrìosd!—anns nach leir do'n inntinn fheolmhor ni sam bith ach cradh agus masladh; an aghaidh bhruite, reubta ud, dearg le fuil, comhdaichte le tareuis, air bocadh le buillean agus aog-neulach le bas;—b'e sud an cuspair mu dheireadh anns an iarradh an inntinn fheolmhor sealladh fhaotainn air gloir Dhe na beatha;—aghaidh air a comhdach le uamhas a bhais! Is e a b'annsa leis an inntinn fheolmhor sealltuinn air an aghaidh ud

'n uair bha i air a cruthatharrachadh, agus a dealradh mar a ghrian 'n a lan neart. Dhealraich gloir na Diadhachd air mhodh ro-shoilleir ann an gnuis Chrìosd air beinn a chruthatharrachaidh; ach gu ro mhor ni bu dealraiche air beinn Chalbhari.

Bha an cruthatharrachadh so ni bu ghlormhoire gu mor na'n cruthatharrachadh ud eile. Ged bhiodh gach solus a th'anns an t-saoghal, anns a ghrein agus anns na reultan, air an tional comhla 'n an aon mheall soluis, cha bhiodh annta ach dorchadas an coimeas ri gloir a chuspair so, a bha reir coslas o'n leth a muigh cho cianail agus cho dorcha. Oir is e tha an so, mar deir an t-Abstol, —“ Air bhi dhuinne uile ag amharc mar le aghaidh gun fholach air gloir an Tighearna ” (2 Cor. iii. 18).

An so tha ceartas gun smal, gliocas do-thuigsinn agus gradh neochriochnach a dealradh uile mar chomhla. Cha'n eil aon dhiu cur dubhradh no sgail air aon eile;—tha gach aon dhiu fa leth ag ais-thilgeadh dealradh soillseach air cach. Tha iad a measgachadh an gathan soluis le cheile, agus a dealradh le boillsgeadh aonaichte siorruidh;—am Breitheamh cothromach, an t-Athair trocaireach agus an Riaghlair uile-ghlic. Cha'n eil cuspair eile a toirt a leithid de thaisbeanadh air na buadhan ud uile; cha'n eil eadhoin, cuspair eile is aithne dhuinn tha toirt a leithid de thaisbeanadh air aon de na buadhan ud. Cha'n fhacas ceartas riamh ann an cruth cho eagalach, trocair cho ionghradhach; gliocas cho domhain; no cumhachd cho ion-mholta:—*Anns a cheud aite*;—Air sgath

na h-ard-urram neochriochnach a bhuineas do phearsa Chrìosd, chuir a chrann-ceusaidh-san barrachd gloir agus onoir air lagh agus air ceartas na gach fulangas a bha no bhitheas air an giulan anns an t-saoghal. 'N uair tha an t-Abstol a labhairt ris na Romhanaich mu'n t-soisgeul, tha e nochdadh dhoibh gu'm bheil, cha'n e amhain trocair Dhe, ach a cheartas mar an ceudna air fhoillseachadh ann (Rom. i. 18). Tha fearg Dhe an aghaidh neo-fhireantachd dhaoine air a taisbeanadh gu sonruichte le fireantachd agus le fulangasaibh Chrìosd. Bha an Tighearna grasmhor air sgath fhireantachd fean (Isa. xlii. 21). Is ann an cosnadh na fireantachd sin a dh'iarr e mar choir, a dh'ard-aich e an lagh agus a chuir e urram air. Agus ged tha 'fhireantachd a cosheasamh ann an umhlachd agus ann am fulangais nach do mhair ach re seal, gidheadh,—do bhrìgh gu'm bi iad air chuimhne gu sìorruidh, faodar a radh gu'm bheil crann-ceusaidh Chrìosd a cur urram agus oirdhearcas sìorruidh air an lagh leis an riarachadh a thug e dha; an lagh uamhasach sin leis am bheil a chruitheachd (rioghachd Dhe) air a riaghladh, agus d'am bheil uachd-aranachda agus cumhachdan neamhaidh fo smachd; —an lagh sin, ann an diteadh peacaidh, a dh'fhuadaich an Diabhul agus a chuid ainglibh a mach a gloir, a dh'fhuadaich ar ceud pharantan a mach a Eden, agus a dh'fhogair sìth o'n t-saoghal. A beachdachadh air Dia, uime sin, mar Bhreitheamh agus mar Lagh-thabhairtear an t-saoghail, tha e soilleir gu'm bheil a ghloir a dealradh le dearsadh do-labhairt ann an crann-ceusaidh Chrìosd, mar

dhioghaltas an aghaidh a pheacaidh. Ach is e so an dearbh ni tha cumail luchd gradhachaidh a pheacaidh o bhi ag aideachadh gloir a chroinn-cheusaidh; do bhrìgh meud na tha e nochdadh de'n fhnath a th'aig Dia do'n ni sin d'am bheil gradh acasan. Gu bhi claidh naimhdeas na h-inntinn fheolmhoir do'n chrann-cheusaidh, tha e feumail a thoirt fainear;—ged tha iobairt Chrìosd a nochdadh peanas a pheacaidh, gidheadh ma ghabhas sinne ris an iobairt sin, cha'n eil i ach ga nochdadh a mhain. Tha i toirt peanas a pheacaidh bharr ar lamh;—air chor 's nach eil tuilleadh gnothuich againn ris. Agus gu cinnteach bu choir do shealladh air ar cunnart, air dhuinn fhaicinn air a thoirt as an rathad, ar n-aoibhneas a mheudachadh an aite a lughdachadh. Le sealladh air meud ar cunnairt, chi sinn meud ar saorsa. Tha crann-ceusaidh Chrìosd a taisbeanadh gloir ceartais neo-chrìochnach, ach tuilleadh na sin;—Oir—

Annas an dara aite,—Tha e air mhodh araidh a taisbeanadh gloir trocair neo-chrìochnach. Cha n eil ni 's an t-saoghal is glormhoire no is ion-ghradh aiche na gradh agus maitheas; agus is e so an taisbeanadh is mo air gradh, is urrainnear a breithneachadh. Tha maitheas Dhe ri fhaicinn 'n a oibribh uile;—Is e sin a chuid is sonruichte de ghloir na cruitheachd. Tha e air a theagasg dhuinn sealltuinn air an t-saoghal iosal so mar aite comhnuidh freagarach airson dhaoine. Ach le suil ri briathran an Abstoil (Eabh. iii. 3) bu choir do'n tiodhlaic mu'm bheil sinn a labhairt a bhi air a meas leinn airidh air barrachd urram na an saoghal,

ann a mheud 's gu'm bheil barrachd urrainn aig an Ti a thog an tigh na th'aig an tigh.

Thug Dia dhuinn 'n a Mhac, tiodhlac a tha gu neo-chriochnach ni's mo na an saoghal. Tha an Cruithfhear gu neo-chriochnach ni's glormhoire na'n creutair, agus is e Mac Dhe cruithfhear nan uile nithe. Is urrainn do Dhia saoghail do-aireamh a chruthachadh le focal a bheoil. Cha n eil aige ach aon Mhac ambain; agus cha do chaomhainn e aon Mhac, ach thug e thairis e chum bais air ar son-ne uile.

Tha gradh Dhe d'a phobull o bhith bhuantachd gu bithbhuantachd. Ach o bhithbhuantachd gu bithbhuantachd, cha n eil taisbeanadh air, a tha aon chuid aithnichte no so-thuigsinn dhuinne an coimeas ris an taisbeanadh so. Tha solus na greine an comhnuidh gun chaochladh. Ach is ann mu mheadhoin la tha i dealradh oirne 'n a lan shoillse. Is e crann-ceusaidh Chrìosd tra-noin a ghaoil shiorruidh. Bha ioma taisbeanadh soilleir air a ghaol ud roimh laimh; ach bha iad mar sholus na maduinne, a tha dealradh ni's mo agus ni's mo gu ruig an la iomlan; agus be an la iomlan sin, an uair a bha Crìosd air a chrann-cheusaidh, ged bha an talamh air a chomhdach le dorchadas.

Ciod air bith na coimeasan is comasach dhuinn a dheilbh, cha toir iad fa chomhair ar n-inntinnean ach sealladh neo-iomlan air a ghradh so, tha dol thar gach uile eolais. Ged shaoileamaid gu'n robh gradh nan uile dhaoine a bha riamb, no bhitheas air an talamh, agus uile ghradh nan ainglibh air neamh, air an aonadh ann an aon chridhe; cha

bhiodh ann ach cridhe fuar an coimeas ris a chridhe ud anns an do shath an saighdear a shleagh! Cha n fhaca na h-Iudhaich ach fuil agus uisge; ach chithear le suil a chreidimh cuan soilleir do ghaol siorruidh a taomadh a mach as na lotan ud. Faodaidh sinn ruigheachd air tomhas eolais air gloir a ghraidh so, le beachdachadh air a thoraidhean. Bu choir dhuinn beachdachadh air na fhuaradh de bheannachdan spioradail agus siorruidh le sluagh Dhe re cheithir mìle bliadhna mu'n robh Crisod air a chur gu bas; na fhuaradh leo o'n am sin gus a nis, no a gheibhear leo gu am comhlionadh nan uile nithe;—gach saorsa o thruaighe shiorruidh; gach cuan aoibhneis air neamh: gach abhuinn do uisge na beatha a bhios air am mealtuinn fad na siorruidheachd le aireamh mar ghainneamh na fairge ann an lionmhorachd;—bu choir dhuinn beachdachadh air na beannachdan ud uile mar tha iad a sruthadh o'n ghradh ud a th'air a thaisbeanadh ann an crann-ceusaidh Chrìosd.

Anns an treas aite—Chithear an so mar an ceudna gloir gliocais do-thuigsinn Dhe, d'an cliu a bhi toirt gu buil nan crìochan is fearr leis na meadhonaibh is freagaraiche. Is iad crìochan a chroinn-cheusaidh is ro fhèarr annta fein, agus is fearr d'ar taobhne is urrainn sinn a bhreithneachadh;—gloir Dhe agus leas dhaoine. Agus tha na meadhonaibh tre am bheil na crìochan so air an coimhlionadh cho freagarach agus cho iomchuidh, agus gu'm bi an doimhneachd neo-chrìochnach a th'annta do ghliocas, 'na chulaidh iongantais do'n chruitheachd fad na siorruidheachd.

Is ni furasda thuigsinn, gloir a Chruithfhear air a taisbeanadh ann a bhi deanadh maith do chreutair neo-chiontach : ach is e gliocas diomhair agus son-ruichte a chroinn-cheusaidh, gloir a Bhreitheamh chothromaich air a taisbeanadh ann an deanadh maith do'n eucorach chiontach. Is ni furasda thuigsinn fireantachd Dhe air a taisbeanadh ann am peanasachadh pheacaidhean; is e an crann-ceusaidh a mhain a tha taisbeanadh 'fhireantachd ann am maitheadh peacaidh (Rom. iii. 25). Tha e ag ardachadh ceartais ann am maitheadh peacaidh, agus ag ardachadh trocair ann a bhi ga pheanasachadh. Tha e taisbeanadh ceartais ann an dreach is uamhasaiche na ged bhiodh trocair air a dunadh a mach; agus trocair ann an dreach is ion-ghradhaiche na ged bhiodh ceartas air a chur a thaobh. Tha e ag ardachadh an lagha agus a cur urram air (Isa. xliii. 21). Tha e ag ardachadh an eucoirich a bhris an lagh; oir tha an onoir a chuireadh air an lagh a cur onoir airsan mar an ceudna (1 Cor. ii. 7). Tha so eadhoin air a dheilbh air a leithid do dhoigh agus gu'm bheil gach onoir a chuirear air an eucorach 'n a onoir do'n lagh; agus gach onoir a chuirear air an lagh, 'n a onoir do'n eucorach mar an ceudna. Cir tha gach beannachd tha am peacach a faotainn air an tabhairt dha air sgath na h-umhlachd agus an riarachaidh a thugadh do'n lagh; cha n ann leis fein, ach le neach eile, d'am b'urrainn urram gu neo-chriochnach a bu mho, a chur air an lagh. Agus tha an riarachadh a thugadh leis an neach ud eile ann an aite a pheacaich a cur airsan na h-onoir is mo is urrainnear a chur air.

Faodaidh an lagh agus am peacach le cheile, uail a dheanadh a crann-ceusaidh Chrìosd. Tha iad le cheile a faighinn gloir agus onoir shiorruidh d'a thrìd.

Tha gach gloir a tha dealaichte o cheile ann an oibribh eile Dhe air ann faotainn aonaichte anns a chrann so. Tha solasan neamh a glorachadh maitheas Dhe;—tha piantaibh ifrinn a glorachadh a cheartais;—Tha crann-ceusaidh Chrìosd a glorachadh gach aon dhiu air mhodh is comharraichte na tha neamh no ifrinn a glorachadh aon seach aon dhiu. Tha onoir is ro-chomharraichte air a chur air ceartas Dhe le fulangasaibh Chrìosd na le piantaibh nan diabhl; agus tha taisbeanadh is ro-chomharraichte air maitheas Dhe ann an tearnadh nam peacach, na ann an aoibhneas nan ainglibh; air chor agus nach urrainn sinn cuspair eile bhreithneachadh anns am faicear a leithid do ghliocas eugsamhuil, no a leithid do dhoimhne innleachd gu bhi ag ardachadh gloir Dhe.

Faodar an nì ceudna a radh d'a thaobh mar thionnsgnadh airson math an duine. “Is e mhaith-eas a pheacanna gu leir, agus a shlanuicheas' eucailean uile” (Salm ciii.). Is i so an iobairt a bheir air falbh cionta a pheacaidh. Is e so am prìomh aobhar brosnachaidh gu bhi fuathachadh a pheacaidh; marbhaidh e am peacadh anns a cheart am an toir e dioladh air a shon; diolaidh e airson easumhlachd;—brosnachaidh e gu umhlachd. Cosnaidh e neart chum umhlachd; nì e umhlachd 'n a nì cleachdail, tlachdmhor agus taitneach air mhodh do-sheachainte;—Co-eignichidh e gu umhlachd (2 Cor. v. 14). Tha e araon na eiseimpleir agus 'n a

aobhar-brosnuchaidh gu umhlachd. Riarraich e mallachdan an lagha; agus coimhlionaidh e' iarrtas-an. Is e gradh coimhlionadh an lagha; eadhoin, gradh do Dhia agus d'ar coimhearsnaich. Is e crann-ceusaidh Chrìosd an eiseimpleir is airde air a ghradh sin. Faodar sealltuinn air fulangais Chrìosd mar ghnìomharan. Cha tug gnìomh eile riamh a leithid de ghloir do Dhia; cha d'rinn gnìomh sam bith eile a leithid do mhath do dhaoine. Agus is e so an doigh air an nochd sinne ar gradh do Dhia agus do dhaoine, a bhi ag ardachadh gloir Dhe agus a deanadh math do dhaoine.

Mar so tha fulangais Chrìosd a teagasg dhuinn ar dleasannais, leis a ghradh o'n do shruth iad a mach, agus leis a mhath airson an robh iad air an sonrachadh. Agus tha sinn air ar teagasg leo, cha'n ann amhain leis an run bu mhathair-aobhair dhoibh, ach mar an ceudna leis an doigh 's an do ghiulain e iad. Cha 'n eil da dhleasannas is duilghe a dheanadh na strìochdadh do Dhia, agus maith-eanas a thoirt do namhaid. Tha a cheud aon dhiu'n a chomharradh air gradh do Dhia, agus an t-aon eile air gradh do dhaoine. Ach is e an strìochdadh is mo, neach a ghiulan le fulangais, agus e neochiontach; agus is e am maitheanas is airde, maitheanas a thoirt d'ar mortairean, gu son-ruichte, ma's muinntir iad a chuir sinn fo chomain dhuinn;—mar gu'n tugadh neach, chan e a mhain maitheanas dhoibhsan a thug a bheatha air falbh, eadhoin ged bha iad'n a eiseimeil airson am beatha fein; ach a dh'asluich maitheanas o neach eile air an son, a guidhe as an leth, agus a gabhail an

lethsgail cho fada's bu chomasach dha sin a dheanadh. Is ann mar so a ghiulain Criosd 'fhulangais; "Athair, do thoilsa gu'n robh deanta;" "Athair, thoir maitheanas dhoibh, oir cha n eil fios aca ciod a tha iad a deanadh." Mar so chi sinn cho freagarach 's a bha an crann-ceusaidh mar mheadhoin gu bhi coimhlionadh nan crìochan a b'fhearr; eadhoin, fireanachadh agus naomhachadh. Cha ruigear a leas a bhi caitheamh uine gu bhi nochdadh a fhreagarachd eugsamhuil gu bhi ag ardachadh sith agus aoibhneis anns a bheatha so, maille ri sonas siorruidh anns a bheatha tha ri teachd. Oir gun teagamh, bidh sonas siorruidh ann an tomhas mor ag eiridh o bhi cuimhneachadh mar bha e air a chosnadh; agus ann a bhi faicinn an Uain a chaidh a mharbhadh 'n a shuidhe aig deas laimh an Ti sin a thug thairis e airson na crìche sin. Tha na thugadh cheana fainear, a nochdadh gu'm bheil crann-ceusaidh Chrìosd 'n a thaisbeanadh glormhor air gliocas do-thuigsinn Dhe, do bhrìgh na deilbh iongantach a tha ri fhaicinn ann gu bhi ag ardachadh math an duine, cho math ri glòir Dhe; oir is e bu chrìoch dha bhi foillseachadh glòir Dhe, agus deaghghean do dhaoine.

Ann a cheathramh aite—Tha an cuspair beannaichte so mar an ceudna a taisbeanadh glòir cumhachd Dhe. Tha so'n a baath-chainnt neocholtach leosan do nach aithne Criosd; ach do na creidmich, is e Criosd air a cheusadh gliocas Dhe agus cumhachd Dhe (1 Cor. i. 24). Bha ceusadh Chrìosd air a mheas leis na h-Iudhaich mar dhearbhadh air

easbhuidheachd a chumhachd. Mar sin, rinn iad tair airsan a dh'oirich cho liugha miorbhuil, gu'm fuilingeadh e dha fein a bhi air a chrochadh air crann. Ach b'e so ann fein, am miorbhuil bu mho de gach miorbhuil. Dh'fheoraich iad,—Cionnus, mar shaor e feadhain eile, nach do shaor se e fein? Dh'ainmich iad an t-aobhar ged nach tug iad aire dha. B'e sud an dearbh aobhar nach do shaor se e fein 's an uair ud, direach, gu'n do shaor e muinntir eile; gu'n robh e deonach agus comasach air an saoradh. Bha an t-aobhar leis an robh e air a chur thuige gu bhi giulan a chroinn-cheusaidh, 'n a aobhar ro-chumhachdach;—"Gras Dhe, cumhachd Dhe chum slainte" (Rom. i. 16) a deanadh chreutairean nuadh, a togail anamaibh o'n bhas. Is e th'annta so gnìomharan uile-chumhachdach. Tha sinn ullamh gu bhi air ar lionadh le iongantais leis an taisbeanadh tha an saoghal faicsinneach a toirt air cumhachd Dhe; ach tha anam an duine ann a chruthachadh moran ni's airde agus ni's urramaiche na'n saoghal. Tha cumhachd a Chruithfhear ann an gluasad siubhlach lochrain nan speur na chuspair ioghnaidh dhuinn; ach tha gluasad anamaibh reusanta a dh'ionnsuidh Dhe mar chuspair-talaidh, gu ro mhor ni's glormhoire na gluasad nan reull a dh'ionnsuidh na greine:—buaidh na cumhachd cheudna; ach buaidh gu ro mhor is airde, is urramaiche agus is buan mhaireannaiche.

Bha lotan Chrìosd a reir coslais, nan dearbhadh air' anmhuinneachd; ach cha n eil e duillich neart gun choimeas fhaicinn annta. Thigeadh e dhuinn a bhreithneachadh—Cìod e sin leis an robh e air a.

bhruthadh? “Bhruthadh e airson ar n-aingidheachd-ne.” Tha an sgrìobtur ’g an taisbeanadh dhuinn (Isa. liii) mar eallach mhor; agus sinne uile ann ar neochomas, ’n ar luidhe foidhpe, mar shluagh luchdaichte le aingidheachd. Ghiulain Criosd ar peacaidhean agus ar n-anmhuinneachd ’n a chorp fein air a chrann; dh’iomchair e ar doilghiosan; cha’n iad amhain na doilghiosan a dh’fhaodar fhulang leinn anns a bheatha so, ach na thoill sinn a bhì fulang anns a bheatha tha ri teachd. Thugamaid fainear, co a leag an eallach ud air;—“Leag an Tighearna airsan aingidheachd gach aon againn” (Isa. liii. 6). Is math a dh’fhaodamaid a radh le Cain, “Tha ar peanas ni’s mo na’s comasach dhuinn a ghiulan.” Dh’fhaodta sin a radh leis gach aon againn fa leth. Ach cha b’iad peacaidhean aoin a ghiulain e, ach peacaidhean mhorain, sluagh do-aircamh mar ghaineamh na fairge; agus peacaidhean gach aon dhiu sin co ionnan ann an aircamh ris a ghaineamh cheudna. B’e sud an t-uallach bu truime agus a b’uamhasaiche a bha anns an t-saoghal.

Bu leoir cudthrom mallachd an lagha gus an saoghal a phronnadh gu luathre. B’amhuil sin a fhuaradh e leosan a thug a nuas orra fein e anns an toiseach. ’N uair a mhi-ghnathaich legion do ainglibh treun an neart, an neart ud a bha aca, an aghaidh an lagha, chuir mallachd an lagha fodha iad o neamh nan neamh do’n t-slochd gun ghrund. Bha an cudthrom ceudna a chuir fodha na h-ainglibh ceannairceach, air a bhagar air an duine airson co-aontachadh leis na h-ainglibh ud. Mu’m b’urr-

ainn daoine am mallachd ud a ghiulan, mu'm b'urrainn gach neach fa leth a chuid fein fhaotainn dheth ; dh'fheumadh e, mar gu'm b'eadh, a bhi air a roinn 'n a earranan do-aireamh. Fad linntean do-aireamh, bu bheag dheth a b'urrainn a bhi air a ghiulan leis a chinne-daona. Bhiodh an fhearg ri teachd, an comhnuidh 'n a feirg ri teachd gu saoghal nan saoghal ; bhiodh gu brath, fuigheall neo-chriochnach fhathasd ri ghiulan. Is ann aig Criosd amhain a bha neart gus an t-uallach ud uile ghiulan, gu a ghiulan uile, mar gu'm b'eadh, a dh'aon bheum, agus 'n a aonar. "Do na sloigh cha robh neach maille ris." Leagadh ar n-uallach agus ar cuid-eachadh air neach a bha cumhachdach ; oir bha an doigh air an do ghiulain e ar n-uallach 'n a thaisbeanadh glormhor air a chumhachd, an cumhachd a b'airde agus a b'urramaiche ; eadhoin cumhachd tearnaidh.

Tha e fìor gu'n deachaidh a bhruthadh fo'n uallach, ach cha bhiodh sin 'n a iognadh leinn na'n tugamaid fainear uamhas na maoin a thuit air. Na'm bu chomasach dhuinn cudthrom ceartais shiorruidh a bhreithneachadh, ullamh gu tuiteam le gairge mar dhealanach air saoghal ain-diadhaidh ;— agus sealltuinn air a chorp naomh ud 'n a luidhe eadar cudthrom na feirge o shuas agus oighreachan na feirge air an talamh ;— cha chuireadh am bruthadh ud iongantais oirn ; cha mho a dheanamaid dimeas air. Bu chubhaidh dhuinn a smuainteachadh cìod a thachradh na'n tuiteadh an fhearg ud ni b'isle. Mur bhith gu'n robh i air a glacadh leis a chuspair ud a chaidh 's an eadaragain, dhean-

adh i sgrios agus milleadh air doigh eile. Dh'fhagadh i an saoghal comhdaichte le dearbhaidhean air diogh-altachd ceartais agus feirge naomha Dhia.

Ged bha 'fheoil naomh air a dochann agus air a reubadh fo'n eallaich eagalach ud, cuimhnicheamaid gu'n do ghiulain e i. An so chithear neart neo-leithideach, a giulan an ruathair ud a mheilleadh an saoghal gu luathre. Agus ghiulain e i 'n a aonar. Cha do leig e leis an roinn bu lugha dhi dol seachad air fein. Tha iadsan uile ghabhas fagadh fo'n didean bheannaichte so, cho tearuinte 's nach eil dad aca ri dheanadh ris an eallaich fheirge so ach amharc oirre (Eoin iii. 14, 15). Mar deir an Salmadair—(Salm xci. 7, 8) “Cha tig i am fagus dhoibh; amhain le'n suilibh seallaidh iad, agus chi iad diol nan aingidh.” Ach chi iad i air a leagadh air an aon chothromach ud. Agus cha'n eil air fhagail dhoibhsan da-rireadh anns a ghnothuch so, ach a bhi faicinn tre chreideamh an cudthrom a bha an crochadh os cionn an cinn chiontach;—agus mar chaidh an corp naomh ud a bha gun chionta agus gun smal anns an eadaragain. Chi iad e air a bhruthadh gu deistinneach. Ach is e deireadh a chath a nochdas co an taobh leis an teid a bhuidh. Anns an iomairt eagalaich ud, thugadh corp Chrìosd cho iosal ris an uagh. Ach ged thuiteas am firein, eiridh e a ris. Is e am bas a bha an iochdar anns an iomairt ud (1 Cor. xv. 25). Is e Crìosd a thug a bhuidh anns an tuiteam ud, agus lan-choimhlon e a bhuidh 'n uair a dh'eirich e. Tha cumhachd agus neart gun choimeas air a thaisbeanadh ann an aobhar, ann an run, agus ann an toradh nan lotan ud.

Tha an neart ceudna ri fhaicinn 'n a ghiulan fo na lotan, agus anns a mhodh air an do ghiulain e iad, mar chi sinn ann an eachdraidh a bhais. Ghiulain e iad le foighidinn, le truas agus le iochd ri muinntir eile. Bhruthadh earran ro bheag do dhoilghiosan Chrìosd an spiorad is treine 's an t-saoghal gu bas. Cha n eil càil duine comasach air tomhas anabarach do bhron no dh'aoibhneas a ghiulan. Is leoir aon seach aon dhiu gu cur as d'ar beatha nadurra. Bha doilghiosan Chrìosd uile gu leir gun choimeas, ach bha 'neart lan-fhoghaint-each air an son.

Tha na nithibh so a nochdadh cho amaideach 's a tha e, a bhi 'g altrum beachdan iosal no suarach a thaobh lotan an Fhir-shaoraidh. Air dhoibh a bhi do na h-Iudhaich 'n an ceap-tuislidh, agus do na Greugaich 'n an amaideachd, agus do bhrìgh gu'm bheil moran do Chrìosduidhean aideachail air nach eil iad ri drughadh iomchuidh, tha e feumail dhuinn beachdachadh orra beagan ni's sonruichte.

Tha an sgrìobtur a cur an iomlain de irioslachadh Chrìosd f'ar comhair mar aon ghniomh mor, leis an tug e buaidh air naimhdean Dhe agus dhaoine, agus tre an do shuidhich e rioghachd ghlormhor agus buan-mhaireannach.

Tha na Faidhean, agus gu h-araidh an Salmadair, a labhairt uiread mu Chrìosd mar ghaisgeach cumhachdach, d'an robh a naimhdean gu bhi air an deanadh 'n an stol-chos, is gu'm bheil na h-Iudhach eadhoin fathast a cumail a mach gu'm bheil am Messiah-san gu bhi'n a phrionnsa aimsireil ro-chumhachdach, 'n a fhear-cogaidh mor; a chios-

naicheas a naimhdean le teine agus le claidheamh, agus leis am bi iadsan air an togail suas os cionn uile fhineachan na talmhainn. Mur biodh iad air an dalladh le uabhar, agus le gradh do nithibh talmhaidh, b'fhurasda dhoibh fhaicinn gu'm bheil an cliu tha na faidhean a toirt air, tuilleadh is ard gu bhi air a thuigsinn ann an seadh cho iosal ri am beachdsan da thaobh. Chithear so gu soilleir le gearr-shealladh a ghabhail orra, a nochdas aig an am cheudna, gloir a ghnìomh mhoir sin mu'n robh sinn a labhairt cheana, le bhi taisbeanadh meudachd na h-innleachd ud, agus na toraidheach a thug i mach.

Tha na faidhean gu tric a labhairt air mhodh sonruichte mu'n Mhessian mar Rìgh mor,—ainm anns am bheil a mhoralachd thalmhaidh is ro-airde air a chiallachadh. Bha lamh Philait air a h-ard-riaghladh gu bhi sgrìobhadh an tiodail urramaich ud, eadhoin air a chrann-cheusaidh. Tha gloir na rioghachd a bha gu bhi air a cur suas leis, air a cur fa'r combair ann an cainnt ro-oirdheare leis an fhaidh Daniel (ii. 35-45), agus a ris anns an (vii. 13, 14)—“Chunnaic mi ann an aislingibh na h-oidhche, agus feuch thainig neach cosmhuil ri Mac an duine, le neulaibh neamh, agus thainig e chum Aosda nan laithean, agus thug iad e dluth 'na lathair. Agus thugadh dha uachdranachd, agus gloir, agus rioghachd, a chum gu'n tugadh na h-uile shluagh, chinneacha, agus theanganna, seirbheis dha : 'uachdranachd, is uachdranachd shiorruidh i, nach siubhail thairis, agus a rioghachd, cha sgriosar i.” An so tha taisbeanaidhean beothail air morachd gun choimeas ;—rioghachd shiorruidh gu bhi air a

suidheachadh, grabaidhean laidir gu bhi air an toirt as an rathad, naimhdean cumhachdach gu bhi air an ciosnachadh.

Tha e feumail *anns a cheud aite* a thoirt fainear mor-chudthrom uile-choitchionn an tionnsgnaidh so. Cha robh pairt sam bith de'n chruitheachd caoinshuarach mu' thimchioil. Bha gloir a Chruithfhear gu bhi air a h-ard-fhoillseachadh;—tri pearsaibh na Diadhachd gu bhi air an taisbeanadh gu ro-ghlormhor; buadhan na Diadhachd gu bhi air an ardachadh; slighibh agus oibribh Dhe gu bhi air an onorachadh. Bha an talamh gu bhi air a shaoradh, ifrinn gu bhi air a claidh, neamh gu bhi air a ceannach, an lagh gu bhi air ardachadh agus air a dhaingneachadh (Isa. xlii. 21). Iarrtasan an lagha gu bhi air an coilionadh; a mballachdan gu bhi air an giulan. Mar so bha an lagh gu bhi air a riarachadh, an t-aingidh a bhrìst e gu bhi air a tbearnadh, a bhuaireadair agus 'fhear-casaid gu bhi air a chur air theicheadh. Bha ceann na seann nathrach gu bhi air a bhruthadh; 'oibribh gu bhi air an sgrios. Bha arduachdaranna agus cumhachdan an dorchadais gu bhi air an creachadh le buaidh-chaithream thairis orra (Col. ii. 15). Bha cionfath ùr airson Aleluia shiorruidh gu bhi air fhaotainn le uachdaranna agus chumhachdan neamh, agus cuideachd ùr gu bhi 'g an seinn comhla riu. Bha na h-ainglibh a thuit gu bhi call an seann iochdarain, agus na h-ainglibh naomha gu luchd-comh-bhaile ùra a chur ri'n aireamh. Cha'n ioghnadh e bhi air a radh-gu'r h-e so a bha deanadh neamh nuadh agus talamh nuadh; bha eadhoin

aghaidh ifrinn gu bhi air a h-atharrachadh. Gu cinnteach cha bu chomasach tionnsgnadh 'bu mho na so a dheilbh.

Agus mar is mo a bheachdaicheas sinn air 'na mheudachd fein, is ann is mo chi sinn do mheudachd a chath tre an robh e air a choilionadh.

Oir anns an dara aite, mar bha an tionnsgnadh mor, bhia gach ullachadh a bh'air a dheanadh air a shon, ro-sholuimte. Is ann air an talamh a bha e gu bhi air a dheanadh. Is ann aig an talamh a bha sar-ghnothuch ris; agus bha e air ullachadh gu soluimte air a shon. Is e so a chithear anns 's na freasdalan a thainig air thoiseach air, rinn iad an saoghal freagarach airson an tionnsgnadh mhoir a bha gu tachairt ann an lauchd-na-h-aimsir. Na'm faicte leinn gu soilleir an t-iomlan do shlabhruidh nam freasdalan ud, chite an t-aomadh a bha aca uile 'g a ionnsuidh mar an ceann-uidhe; agus mar a chuidich iad onoir a chur air; no mar bu chubhaidh a radh-mar chuir an tionnsgnadh ud an onoir a b'airde orrasan. Tha an fhaistneachd a chaidh ainmeachadh ann an Daniel, a bharr air feadhain eile, 'n an samplair air so. Tha iad a nochdadh mar bha gach mor-chaochladh agus buaireas ceann-airceach a thachair anns an t-saoghal fhineachail a frithealadh do'n tionnsgnadh so, agus gu sonruichte, eirigh-suas nan ceithir rioghachdan a th'air an toirt fa'r comhair ann am brudar Nebuchadnesar. Fhritheil agus chuidich eirigh-suas agus dol sios nan rioghachdan ud, togail suas na rioghachd so nach bi gu brath air a tilgeadh bun os ceann.

Cha leir dhuinne ach ro-bheag do shabhruidh an

Fhreasdail; agus eadhoin am beagan sin gu gle dhorcha. Ach is fiach e-ma-dh'fhaodte, thoirt faine-ear gu h-aithghearr;—gu'r h-ann o'n Ear a thainig rioghachdan mora gus an Iar do'n t-saoghal—O na h-Asirianaich agus o na Persianaich a dh'ionnsuidh nan Greugach agus nan Romhanach. Bha so 'na mheadhoin air cairdeas agus comh-chaidreamh fhosgladh suas eadar caochladh fhineachan an t-saoghail, o eirigh gu luidhe na greine. Bha an rioghachd a th'air a samhlachadh leis a chloich air a gearradh a mach as an t-sliabh, gu ruigheachd orra le cheile (Dan. ii. 34, 35).

Ciod air bith barail a dh'fhaodas sinn altrum mu'n chuis so, is ni dearbhta e, na'm bu leir dhuinn mar bha ruintean an fhreasdail air am fosgladh suas, chite leinn gu'n robh na h-atharraichean mora ud a toirt mu'n cuairt “lanachd nam aimsirean,”—agus ag ullachadh an t-saoghail anns gach doigh a bu fhreagaraiche airson teachd an Fhir-shaoraidh.

Bha iad sud uile a deanadh suas cuid do an ullachaidh a th'againn f'ar comhair, ach cha robh annta ach cuid dheth; oir bha gach iobairt a bha air an iobradh gach maduinn agus feasgar re ioma linn 'n an ullachadh air a shon, agus 'n an samh-laidhean air. Faodar an ni ceudna radh a thaobh gach sgail agus samhladh eile bharr orra. Fad cheithir mile bliadhna, bha suil fhadalach aig eaglais Dhe ri saorsa an Tighearna,—bha i faotainn ùrachaidh anns na h-iobairtean leis an robh an t-saorsa ud air a roimhshamhlachadh. Bha an iobairtean fein eadhoin aig na Cinnich. Chaill iad le an aingidheachd beul-aithris an fhior chreidimh

agus a Mhessiah, a thainig a nuas o Noah. Gidheadh bha e air orduchadh leis an fhreasdal, nach do chaill iad deasghnath an aoraidh gu tur. Tha aobhar a bhi ag aideachadh freasdal sonruichte ann an cumail suas beul-aithris a thaobh an ni so; oir as eugais, cionnus a thigeadh e ann an cinn dbaoine, a bhi deanadh seirbheis d'an diathan le bhi ag iobradh an ainmhidhean? Bha e feumail nach biodh an saoghal tur-aineolach air rud-eigin do bhreithneachadh mu thimchioll iobairtean. Bha suil aig a bhi cur an neochiontaich an aite a chiontaich, ris an iobairt mhoir leis an robh gach iobairt eile gu bhi air an cur air chul. Bha faistneachd nam faidhean feadh chaochladh linntean o Mhaois gu Malachi mar an ceudna 'n an ullachadh airson an tionnsgnaidh mhoir so. Fa dheoidh, dh'eirich Eoin Baiste mar an reull-mhaidne, teachd-aire na h-ur-mhaidne o na h-ardaibh. Bi a dhreuchd-san gu sonruichte, slighe an Tighearna ullachadh air thoiseach air. Bha teistean nam faidhean soilleir;—chunnaic na h-Iudhaich gu'n robh an t-am am fagus;—bha ard-dhuil aca ris; ni air an do ghabhadh fath le iomadh Messiah breige. Cha b'iad na h-Iudhaich amhain, aig an robh suil ri teachd neach gun choimeas ann am moralachd mu'n am ud, bha na Cinnich do'n bheachd cheudna madh-fhaodte o'n iomradh a bhi iad a cluinntinn uime o na h-Iudhaich.

Tha na nithe so, a bharr air ioma ni eile, a taisbeanadh an ullachaidh ghlormhoir agus a ghreadhnachais a thainig air thoiseach air an obair mhor so, mu'm bheil sinn a labhairt.

Ach anns an treas' aite—Faodaidh e, ma—dh-fhaodta, bhi air a mheas le cuid 'na ni iongantach, a thaobh gnìomh airson an robh a leithid do mhor—ullachadh air a dheanadh, gu'm biodh cho beag aire air a thoirt dha'n uair a thachair e. Gu bhi labhairt gu h-eagnaidh, cha robh chuis mar sin. Cha tug daoine dall agus aineolach mor aire dha, gun teagamh,—bha sin air a roimh-innseadh. Ach bha e air a thoirt gu buil air raon so-fhaicsinneach agus ro-urramach ;—Bha a chruitheachd uile, ann an seadh, 'na suil-fhianuis air. Tha an sgrìobtur a teagasg dhuinn gu seadhail, beachdachadh air so, agus gu sonruichte, air arduachdranaibh agus chumhachdan ann an ionadan neamhaidh mar luchd-amhaire fhurachail air an obair ghlormhor so. Faodaidh sinn so a thuigsinn o chaochladh earranan do'n sgrìobtur, a bharr air (Eph. iii. 10) far am bheil e air a radh gu'n robh gliocas eugsamhail Dhe gu bhi air a dheanadh aithnichte dhoibh leis an eaglais.

Sheinn reultan na maidne le aoibhneas, agus rinn mic Dhe gairdeachas le cheile aig am a cheud chruthachaidh (Job xxxviii. 7). Ach an so bha cruthachadh nuadh 'na aobhar orain ; sealladh a bha gu mor ni b'iongantach na'n seann chruthachadh. Anns a cheud chruthachadh thaisbein Mac Dhe e fein ann an cruth Dhe ; ach a nis bha e gu bhi ag obair ann an cruth iosal seirbheisich ; ach cha be sud a chuid a b'isle dheth : Bha e nis gu fulang ann an cruth fear-drochbheart ; am breitheamh ann an cruth ciontaich ; an lagh-thabhartair ann an cruth reubalaich.

Cha robh a chruitheachd ach 'na h-ionad-taisbeanaidh suarach airson gnìomh cho mor. Cha robh na creutairean a b'aird-inbhiche innte ach 'n am breitheamhna neo-fhiughail air a leithid sud do ghnìomh do-thuigsinn! B'i ard-ghloir na h-oibre gu'n robh i taitneach do'n Ti neochrìochnach sin a runaich i; gu'n tug i lan riarachadh dhasan a dh'orduich gu'm biodh i air a coimhlionadh.

Ach d'ar taobh-ne, do bhrìgh meud na buaidh a tha aig eiseimpleir air ar nadur, faodaidh e bhì feumail dhuinn beachdachadh air a mhor-shluagh urramach a bha'n an luchd-amhaire air a ghnìomh so, leis an robh iad air an lionadh le iongantas; agus an t-ard-urram leis an robh sloigh na neamhan a beachdachadh air gnìomh air an d'rinn an saoghal a leithid do dhimeas. Bu shealladh mor e,—cuid-eachd ghlormhor! mar ghainneamh na fairge ann an aireamh. Anns an sgrìobtur, goirear Diathan ri ainglibh an coimeas ri daoine. Cha'n eil breithneachadh againne air an gloir, a leag faidhean ris an lar ann an riochd mharbh, le eagal, gloir leis an robh Abstol air a bhuaireadh gu iodhol aoraidh. Ach gidheadh, An uair tha an ceud ghin air a thoirt a steach do'n t-saoghal (Eabh. i. 6; Salm xcvi. 7), tha e air aithneadh dhoibh so, eadhoin do na Diathan so uile, aoradh a dheanadh dha. Is e an earran do'n sgrìobtur anns am bheil ainglibh air an gairm 'n an Diathan, an dearbh earran sin anns am bheil e air aithneadh dhoibh aoradh a dheanadh do Chrisod. Agus a reir an Abstoil cheudna (Eabh. i. 6), b'e an t-am sonruichte 's an robh e gus a ghloir so fhaotainn o fheachd neamh, an dearbh am anns

an robh a ghloir gu bhi air a folach o luchd aiteach-aidh na tamhainn. Tha e soilleir gu'n robh iad 'n an luchd amhaire air gach ni rinn e anns an staid sin ; agus gun teagamh, bha iad nan luchd amhaire dhurachdach. Mar gu'm b'ann, le "muinealan sìnte mach" a miann-bheachdachadh air na nithibh ud (1 Pead. i. 12). Cha b'urrainn iad a bhi'n an luchd amhaire neo-shuimeil : oir ann an caochladh sheadhan, bha comh-roinn aca anns na nithibh so. Cha robh iadsan mar bha sinne, ann am feum air tearnadh ; ach bha ar tearnadh-ne 'na aobhar aiteis dhoibhsan. Bha gradh aca do Chrìosd agus d'a phobull ;—uime sin, thug an gradh sin comh-roinn dhoibh ann an gloir Chrìosd, agus ann an tearnadh a phobuill. Is e na's aithne dhuinne mu'n obair agus mu'n dreuchd, mar thuirt *Luther* "Gu'm bheil iad a seinn air neamh, agus a frithealadh air an talamb." Fhuair iad 'n ar saorsa-ne mathair-aobhair do'n da chuid : Sheinn iad le aoibhneas aig toiseach oibreachadh a mach ar slainte aig breth Chrìosd (Luc. ii. 13). Roimh-laimh, chaidh iad le aoibhneas a dh'ionnsuidh nam faidhean, agus a dh'ionnsuidh na h-oigh Muire, le teachdaireachd mu'n t-slainte so. Bheathaich iad Crìosd anns an fhasach. Fhritheil iad dha'n a chruaidh-ghleachd, agus aig 'aiseirigh, agus chum iad cuideachd ris'n a dhol suas gu gloir. Bheachdaich iad le dian-aire ann am tìm air na nithibh so a bhios air chuimhne fad na siorruidheachd ; agus air a ghnìomh ud a rinneadh air an talamb, a bha gu bhi'n a cheann-fàth air Aleluia shiorruidh anns na neamhan.

Air an aobhar sin, cha choir gu'n lughdaicheadh

an dimeas a rinn daoine mora na talmhainn air an obair so, an t-ard-urram is cubhaidh dhuinne bli againn oirre. Cha robh iadsan ach dall, aineolach, graisgeil, an coimeas ris na cumhachdaibh agus na h-ard-uachdaranachdaibh a dh'ainmich sinn, agus a dh'amhaire oirre le mor urram agus le iongantas. Cha mhi-chliu air gnìomh oirdheare sam bith, e bli suarach ann am beachd dhaoine aineolach aig nach eil tuigse d'a thaobh. Bha e air a thuigsinn le ard-uachdaranachda nan neamhan, agus chuir iad ard-urram air.

Ni mo bha ard-uachdaranachda agus cumhachdan an dorchaideas tur-aineolach uime. Cha bu choir gu'm biodh an eiseimpleir-san 'na riaghailt dhuinne. An sealladh ud a bha dhoibhsan 'n a dholas, bu choir gu'm biodh e dhuinne 'na ard-aoibhneas. B'e run an feall-chomhairlean-sa, na'm b'urrainn iad, an talamh a dheanadh na mhor-roinn do ifrinn. Chuala iad mu'n chomhairle ghlormhor a bha air a suidheachadh 'n an aghaidh, agus bha gach teachd-aireachd mu 'timchioll 'n a chulaidh eagail dhoibh ; a irso amharc oirre, chunnaic iad am feall-chomhairlean fein, ceum air cheum, air an tilgeadh bun os ceann ;—agus tionnsgnaidhean trocair neo-chrìochnach a buadhachadh.

Mar sin, bha uile-luchd aiteachaidh na cruith-eachd a beachdachadh gu durachdach air an obair ghlormhor so. Bha neamh, le aoibhneas, agus ifrinn le uamhas, ag amharc air ceann-criche tionnsgnaidh a bha air a dheilbh o shiorruidheachd ;—ris an robh suil o thuiteam an duine ; agus a bhios air a chliuthachadh troi' linntibh na siorruidheachd.

Tha againn mar so f'ar comhair,—caochladh nithibh a tha taisbeanadh gloir na h-obair air am bheil sinn a beachdachadh; *Anns a cheud aite*, An tionnsgnadh e fein,'n a fheumalachd uile-choitichionn agus chudthromach; *Anns an dara aite*, An t-ullachadh, 'n a shluimteachd neo-chriochnach; *Anns an treas aite*, A chuideachd ard-urramach do luchd amhaire a bha beachdachadh air gu durachdach.

A thaobh a ghniomh, no an tionnsgnaidh ud—*Anns a cheathramh aite*,—Tha e soilleir gu'r ni e tha os ceann teangaibh dhaoine. Cha'n eil teangaibh dhaoine foghainteach airson ni a tha os cionn smuaintibh ainglibh. Cha'n eil iadsan ach a miannachadh a bhi beachdachadh air; cha d'rainig iad fhathast air lan shealladh fhaotainn air. Is e sin anns am bi iad air an cleachdadh fad na siorruidheachd. Faodaidh daoine bhi labhairt agus a sgrìobhadh uime, ach cha'n ann gu a lan-chur an ceill, ach gu bhi gu h-araidh ag innseadh nach gabh e cur an ceill. Faodaidh iad sgrìobhadh uime; ach na'n cuirte an ceill an t-ìomlan d'a ghloir, cha chumadh an saoghal na bhiodh do leabhraichean air an sgrìobhadh uime (Eoin xxi. 25). Faodaidh sinn labhairt uime; ach is e na tha'n ar comas a radh d'a thaobh, gu'm bheil e dol thar labhairt; agus gu'r h-e na's urrainn sinn a dh'eolas fhaotainn uime, gu'm bheil e os cionn gach uile eolais. Is e an neach ud a rinn an obair so, d'an comasach darireadh a cur an ceill. Is e an Ti a dheilbh i, d'an comasach sar-luaidh a dheanadh oirre. Is e esan amhainn d'an aithne an obair. Cha'n aithne do

neach sam bith an t-Athair ach do'n Mhac, agus dhasan da'n aill leis a Mhac fhoillseachadh. Is ann uaitheasan amhain bu choir dhuinn an t-eolas so iarraidh (Eph. i. 17). Na gheibhear dheth anns a bheatha so, cha bhi e ach an cuid (1 Cor. xiii. 9), ach tha e g'ar treorachadh chum an aite sin anns am faighear e 'na iomlanachd. An so tha sinn a smuainteachadh agus a labhairt mar leanabaibh; gidheadh cha'n fhaod sinn dearmad a dheanadh air smuainteachadh no air labhairt uime;—As eugais a bhi beachdachadh air, tha ar smuaintean air bheag sta, mur faighear sinn ga mholadh, tha ar cainnt gun fheum. Mur bhi a daimh ris a chuspair so, cha'n eil anns a chuid eile a dh'eachdraidh an t-saoghail, ach eachdraidh air faoineis agus air mi-riaghailt—bruadaran, ceo, agus breisleach-eanchainn dhaoine. Cha'n aithne dhuinne ach ro bheag do'n obair mhor so; ach tha eadhoin am beagan sin neo-choimeasach, a dol thar gach uile eolais; tha gach ni talmhaidh eile 'n an call agus 'n an aolach an coimeas rithe (Phil. iii. 8-11). Is e na's comasach dhuinn a dheanadh, maille ris na h-ainglibh, a bhi miannachadh beachdachadh air na nithibh so; agus bu choir dhuinn na h-iarrtasan sin a chur suas ris an Ti sin a tha comasach air an riarachadh—"Gu'n dealraicheadh e'n ar cridheachan, a thoirt, dhuinn solus eolais gloir Dhe ann an gnuis Iosa Criosd (2 Cor. iv. 6).

Is i gloir Dhe fìor chuspair an eolais so;—agus is e solus a dealradh o Dhia, am meadhoin tre am faighear e;—agus is iad ar cridheachan an t-aite anns am bheil e dealrachadh. Tha sinn, uime sin,

gu bhi ag iarraidh soluis o'n Ti sin is e fein an soluis. Ach cha'n fhaod ar 'n urnuighean a bhi dh'easbhuidh meadhoinaibh eile; gu sonruichte, an cnuasach sin tha Pol a moladh do Thimoteus (1 Tim. iv. 15). Bu choir dhuinn smuainteachadh air na nithibh so, agus sinn fein a thoirt suas gu tur dhoibh. Agus bu choir d'ar smuainteachadh a bhi cho beothail, agus cho deonach air sealladh fhaotainn do'n chuspair so tha f'ar comhair, agus is comasach dhoibh a bhith.

Ach cha'n ann le neart mac-meamna a gheibh an t-anam buanachd anns a chleachdadh so, ach le suilean na tuige bhi air an soillseachadh (Eph. i. 18).

Tha luch deanaidh, agus luchd aoraidh iomhaighean a gabhail os laimh ar cuideachadh anns an ni so, le dealbhan a chur fa chomhair ar suilean corporra. Ach cha'n i suil a chuirp, no neart ar mac-meamna, ach suil a chreidimh, d'an comasach beachdan fìor agus breithneachadh ceart a thoirt air a chuspair so (2 Cor. v. 16).

Faodaidh daoine dealbhan a tharruing air fulangais Chrìosd o'n leth a muigh, ach cha'n urrainn iad dealbh-tharruing a dheanadh do'n airidheachd o'n leth a muigh o'm bheil buaidh fhulangasaibh a sruthadh;—a ghloir a tha ann fein, agus a mhaitheas dhuinne. Faodaidh daoine dealbh a dheanadh de neach air a cheusadh; ach ciamar is urrainn an dealbh sin eadardhealachadh a chur eadar an Slanuighear agus na gadaichean a bha air gach taobh dheth? Faodar a lamhan agus a chosan a tharruing, mar bha iad air an sparradh ris a chrann-cheusaidh; ach co is urrainn na

lamhan ud a tharruing mar bu ghnath leo bhì sinte mach gu furtachd a dheanadh air luchd-amhghair, agus gu bhì leigheas nan euslan; agus na cosan ud a bha sior dhol mu'n cuairt a dheanadh maith? no mar tha e nis a leigheas tuilleadh eucailean, agus ri barrachd maith na bha e riamh roimhe? Faodar dealbh a tharruing air coslas 'fhulangasaibh o'n leth a muigh; ach co thair'neas dealbh an seirbhe o'n leth a stigh, no na h-aobharan neo-fhaicsinneach o'n d'eirich iad? Faodar dealbh a chroinn-cheusaidh a tharruing, ach co thair'neas dealbh mallachd an lagha, a rinn an crann ud 'n a chrann mallaichte. Faodar deabh Chrìosd a tharruing, a giulan a chroinn-cheusaidh suas gu Calbhari, ach co is urrainn a tharruing a giulan pheacanna mhoran? Faodaidh sinn luaidh a dheanadh air na tairnean leis an robh a chorp naomh air a reubadh; ach co is urrainn luaidh a dheanadh air ceartas siorruidh a reubadh 'fheola agus a spioraid le cheile? Faodaidh sinn luaidh air sleagh an t-saighdeir, ach co ni luaidh air saighdean an Uile-chumhachdaich;—an cupan do fhion geur a chuireadh ri bhilean, ach co ni luaidh air cupan na feirge dhól e gu 'ghrunnd? Faodaidh sinn luaidh air fanoid nan Iudhach, ach co ni luaidh air folach gnuise an Uile-chumhachdaich a treigsinn a Mhic fein, chum 's nach treigeadh esan gu siorruidh, sinne bha'n ar naimhdean dha.

Tha na doilghiosan a dh'fhuiling e, agus na beannachdan a cheannaich e leo, co-ionnan do-luaidh le cheile. Ged dh'fhaodamaid luaidh air a lamhan agus air a chosan mar bha iad air am bruthadh

agus air an reubadh, co is urrainn a chur an ceill mar ghlac e, mar gu'm b'eadh,—'n a aon laimh—mor-aireamh a dh'anamaibh a bha an impis dol fodha ann an sgrios, agus 'n a laimh eile-oighreachd shiorruidh ri bhuileachadh orra? No cionnus a bhruthadh ceann na seann nathrach leis na cosan ud, agus a shaltair iad air a bhas, air ifrinn, agus air a pheacadh is ughdair dhoibh le cheile? Faodaidh sinn luaidh air an fhuil a sruthadh o 'chorp, ach co ni luaidh air na h-uisgeachan beo tha tighinn a mach o'n tobar cheudna, cuantaibh do bheannachdan spioradail agus siorruidh. Faodar dealbh a tharruing a thaisbeanas an fhuil ud a comhdach a chuirp fein, ach co is urrainn a cur ann an dealbh, mar tha anamaibh muinntir eile air an crathglanadh leatha—seadh, “a crathadh moran chinneach.” Faodaidh sinn an crun sgithich a tharruing, ach co is urrainn an crun gloire cheannaich e a thaisbeanadh ann an dealbh?

Bu shona dhuinne, na'm biodh aig ar creideamh sealladh cho beothail do'n chuspair so, 's a th'aig ar mac-meamna gu tric do chuspairean eile nach fiu ainmeachadh an coimeas ris. An sin chitheamaid ann an gnuis eug-neulach ar Slanuihear, buaidh-thalaidh is cumhachdaiche na th'anns na cuspairean is oirdheirce th'anns an t-saoghal. A dh'aindeoin tuar neulach a bhais, chitheamaid a leithid do ghloir bharr-mhaiseach anns a chuspair so, 's a dheanadh uile-ghloir an t-saoghail neo-bhlasda dhuinn. An sud, chitheamaid gun teagamh gruaim eagalach ceartais; cha'n ann ruinne, ach r'ar naimhdean, ar mortairean, eadhoin, ar peac-



aidhean. Tha an crann-ceusaidh a taisbeanadh truacantas Chrìosd r'a mhortairean fein, ach cha'n eil truacantas sam bith air a nochdadh do ar mortairean-ne. Air an aobhar sin, faodaidh sinn moralachd ceartais shiorruidh fhaicinn air a chomh-mheasgachadh le caomhalachd truacantais neochriochnach.

Truacantas neochriochnach ! gu deimhin is cuspair sin is fiach amharc air, gu h-araidh le creutairean a tha ann an cunnart agus ann an eigin.

Anns a chrann-cheusaidh, tha am bas da-rireadh air a thaisbeanadh gu stàtail mar fhear-casgraidh ;—ach air a thaisbeanadh mar an ceudna le 'ghath air a thoirt uaithe d'ar taobh-ne. Anns a chrann ud, faodar a chluinntinn, an ceol is binne 's an t-saoghal le peacach air a dhusgadh ;—an fhuil a tha labhairt sìthe, a tha labhairt nithe is fearr na fuil Abeil ;—an guth is binne agus is airde 's an t-saoghal,—ni's airde na tairneanach Shinai. Tha guth a chroinn-cheusaidh a ruigh-eachd neamh agus na talmhainn ;—a tagradh ri Dia as leth dhaoine, agus a cur impidh air daoine bhi reidh ri Dia ;—a labhairt nan nithe is solasaiche agus is freagaraiche a th'anns an t-saoghal, do chreutairean ann an cunnart agus ann air eigin,—a labhairt saorsa agus fuasglaidh.

Do gach caochladh seallaidh a ghabhas sinn air an obair ghlormhor so, is e an sealladh is freagaraiche, sealltuinn oirre mar am fuasgladh is mo a bha no bhitheas. Cha'n eil fuasglaidhean comh-arrichte eile a rinneadh air pobull Dhe, ach 'n am faileasan agus 'n an samhloidhean oirre. Bha

Maois, Iosua, Daibhidh agus Serubbabel 'n an samhloidhean air an Iosua mhor so. A reir ainme, mar sin tha e ;—Iosa—Fearsaoraidh.

Ann a cheud aite—Tha aireamh na muinntir shaorta a taisbeanadh gu'm bheil gloir na saorsa neo-choimeasach ; cha robh ach aon chinneach air an saoradh le Maois, ged bha an saorsa da-rireadh 'n a saorsa ghlormhor, a thug fuasgladh anns a cheud dol a mach do Shea-ceud mile, agus aig a cheann mu dheireadh do aireamh 'bu mho gu ro mhor. Ach tha an t-saorsa so moran ni's farsuinge. Tha an t-Abstol Eoin a luaidh air a mhuintir shaorta mar shluagh mor nach comasach do neach sam bith aireamh, do na h-uile chinnich agus threubhan, agus shluaghaibh agus theangaibh (Tais. vii. 9).

Ann an dara aite—Tha gloir neo-choimeasach na saorsa so air a taisbeanadh, cha'n ann amhain ann an aireamh na muinntir shaorta, ach mar an ceudna, ann an nadur na saorsa. Cha b'e cuirp dhaoine a mhain a bha air an saoradh leis, ach anamaibh neo-bhasmhor ;—ni's luachmhoire na an saoghal (Mat. xvi. 26). Cha'n ann o dhaorsa mar dhaorsa na h-Eiphit, ach o dhaorsa cho fada os a cionn, 's a tha truaighe shiorruidh os cionn saruchadh tiomail corporra ; air chor 's nach eil coimeas do thruaighe na staid o 'm bheil iad air an saoradh, ach sonas na staid a dh'ionnsuidh am bheil iad air an toirt air an ais.

Ann an treasamh aite—Cha chubhaidh dhuinn an stri a rinneadh an aghaidh na saorsa so a dhichuimhneachadh, oir is e a bh'ann, a chomhstri

bu mho a ghabhadh deanadh an aghaidh deagh obair sam bith. Tha an t-Abstol (Eph. vi. 12) a teagasg dhuinn,—“gleachd fola agus feola” a mheas ni’s suaraiche na “gleachd arduachdranna, agus chumhachdan, no aingidheachd spioradail ann an ionadaibh arda.” Tha an Diabhul air a sbloinneadh mar “dhia an t-saoghail so (2 Cor. iv. 4), agus e fein agus a chuid ainglibh, mar “riaghlairibh dorchadais an t-saoghail so.” A mach o chearna bheag do Iudea, fhuair iad fad ioma linn, tighearnas thairis air an t-saoghal le lan-deoin a luchd-aiteachaidh. Fhuair iad a mach gu’n robh daoine, cha’n e amhain so-lubadh, ach mar an ceudna, riarichte le’n slabhruidhean agus toilichte leis an daorsa anns an robh iad. Ach chuala iad mu’n ionnsuidh mhisneachail leis an do runaich Prìomh-chumhachd agus Trocair tighinn a mach an aghaidh an tigh-earnais. Chuala iad gu’n do runaich gu’m biodh an cinn air am bruthadh, an uachdranachd air a tilgeadh bun os ceann, agus gu’n eireadh an traillean ann an ceannairc ’n an aghaidh. Le cleachdadh fada dh’fhas iad teoma ann an inn-leachdan sgriosach ; agus le soirbheachadh fada dh’fhas iad muinghinneach. Dh’eignich am mirun iad gu buanachadh anns an stri, ciod air bith cunnart a dh’fhaodadh tighinn ’n a lorg. Mar bha an t-saorsa ud a chaidh a dheilbh, gun teagamh sam bith, aithnichte dhoibh, agus mar a lion comh-arraidhean a teachd iad le eagal, rinn iad gach ullachadh a bha’n an comas airson cur ’n a h-aghaidh ; chruinnich iad am feachd uile ; chleachd iad an uile sheoltachd, agus air do na h-uile ni bhi

anns a mheidh, thug iad an oidhearp dheireannach ann an cruaidh-chomhrag leis am biodh a chuis air a cur an dara taobh. Dh'armaich iad gach inneal freagarach, chuir iad gach innleachd chogaidh airson sgrios spioradail ann an cleachdadh;—buairidhean, geur-leanmhuinn, ainneart, culchaineadh, ceilg, Criosdan breige, agus an leithide sin.

Thaisbeanadh an neach ud a bha'n a namhaid dhoibh, ann an cruth nach robh a reir coslais 'n a chulaidh eagail; cha b'ann amhain mar dhuine, ach mar neach air a "dhimeas leis an t-sluagh,"—air a mheas, cha b'ann mar dhuine, ach mar chnuimh (Salm xii. 6). Ach rinn sud a chuis ni bu ghlormhoire.

Bu shealladh e bha airidh air ard-ioghnadh urramach na cruitheachd, a bhi faicinn a Ghalileich thaireil ud a tionndadh uile innleachdan cogaidh na h-ifrionn air an ais 'n a h-aghaidh fein; a bhi faicinn neach ann an coslas Mhic an duine, a spionadh iuchraichean ifrinn a laimh an diabhuil; a bhi ga fhaicinn ag amladh riaghlairean dorchadais 'n an liontan fein, agus a toirt orra bhi tur-mhill-eadh an ruintean le an cuilbheartan fein. Dh'aom iad aon d'a dheisciobuil gu Esan a bhrath, agus aon eile gu 'aicehadh; thug iad air na h-Iudhaich a chasaid, agus air na Romhanaich a cheusadh. Ach bha an Comhairliche Iongantach tuilleadh agus 'n a fhear-dulain do'n t-seann nathair. Bha an Leomhan do threubh Iudah mugha 's cruaidh airson an leomhain bheucaich a tha sireadh co dh'fhaodas e mhilleadh. Rinneadh innleachdan cumhachdan an dorchadais aig a cheann mu dheir-

eadh, 'n a meadhonaibh air iad fein a chreachadh ; agus gu bhi deanadh buaidh—chaithream thairis orra fein (Col. ii. 15). Thugadh ard-aingidheachd nan diabhl agus an cuid innealan gu bhi frithealadh do ruintean trocair neochriochnach Dhe ; agus bha peacadh graineil chlann nan daoine air a riaghladh air mhodh a bha ro-iomlan naomh, gu bhi “criochnachadh euceirt, agus gu bhi toirt a stigh fireantachd shiorruidh” (Dan. ix. 24).

Mar so, bha gloir na saorsa air a h-ardachadh leis gach comhstri a rinneadh 'n a h-aghaidh ; agus gu h-araidh, leis gach comhstri a rinneadh leo-san airson an robh i air a runachadh a chum an leas ;— eadhoin, peacaich iad fein. Is e bu chrìoch dha so, a bhi ag ardachadh gloir fad-fhulangais agus trocair dhiomhair Iehobhah.

Ghabhadh e uine mhor a bhi beantainn ris gach comhrag a bh'aig an Fhear-shaoraidh ri choinneachadh, araon ri naimhdean nam peacach agus ris na peacaich iad fein. Ach fadheoidh, chuir e an stoirm fuidhe, fhuair e an uachdar air gach càs, thug e bruid am braighdeanas, choisinn e buaidh iomlan, cheannaich e oighreachd shiorruidh, shuidhich e rioghachd buan-mhaireannach, rinn e buaidh-chaithream air a chrann-cheusaidh, agus thug e suas an deo, le glaodh na buaidhe air a bhilean ;— “Tha e criochnaichte.”

Tha an saoghal air a thaisbeanadh dhuinn mar gu'm biodh e'n a thosd am fianuis an Tighearna 'n uair a dh'èirich e suas a dh'oibreachadh na saorsa mhor so ; agus mar a nochd sinn cheana, cha robh earran sam bith do'n t-saoghal neo-umhaileach d'a

taobh. Bha dóchas ard ris an obair so, ach thug a coimhionadh barr air gach dochas a bha rithe. Bha gach pairt dhi iomlan, gach cuis a bhuineadh dhi ro mhaiseach, gun easbhuidheachd agus gun anabharr; gun ni ri fhaicinn innte nach robh freagarach do ard-inbhe a phearsa, no do ghliocas siorruidh na h-innleachd. Bha gach ni freagarach do'n innleachd ghlormhor, agus gach meadhoin comh-fhreagarach do'n chrich. Bha bunait na rioghachd shiorruidh air a leagail, mu'n d'thug na daoine bha cur 'na h-aghaidh an aire dhi; agus air a leagail air a leithid do dhoigh agus nach b'urrainn geatachan ifrinn buaidh a thoirt oirre; air do gach ni bhi air a cheartachadh gu bhi criochnachadh na saorsa; agus gu bhi ga deanadh dìongmhalta an aghaidh gach oidhearp a dh'fhaodta chleachdadh gu bhi 'ga tilgeadh bun os ceann. Anns a chruth dhiblidh ud, dh'oibrich am Fear-saoraidh a mach an innleachd ud air a leithid do dhoigh agus nach b'urrainn do neach sam bith cur an aghaidh na h-obair gun a bhi 'ga h-adhartachadh; ann an rathad a thug lan riarachadh do'n ghliocas neo-chriochnach a dheilbh i; agus a lion gach creutair a chunnaic i le mor-ioghnadh.

Bha an t-Athair lan thoilichte; lionadh na neamhan agus an talamh le gairdeachas agus le ioghnadh; thuit cumhachdan na h-ifrionn mar dhealanach gu lar. Air neamh, thoisich ardluathghair, agus orain ura mholaidh nach do sguir fhathast, agus nach sguir gu brath. Bidh iad a sior dhol air aghaidh mar bhios ceannairceich air an saoradh as ur o'n talamh o am gu h-am, air an

tioreadh o gheatachan ifrinn, gu bhí dol a stigh air geatachaibh neamh, le oran molaidh nuadh 'n am beul, a mheudaicheas am fonn-ciuil ud a bhios a sior-mheudachadh, agus do nach sgithich iad gu siorruidh. Oir is e is nadur d'am fois, agus do shaothair an graidh, nach sguir iad a la no dh'óiche, a thoirt gloir agus molaidh dhasan a tha'n a shuidhe air an righ-chathair, agus do'n Uan a th'aig a dheas laimh; a shaor iad o gach cinneach agus teangaibh; a dh'ionnlaid iad 'n a fhuil fein, agus a rinn sagartan agus righrean dhiu do Dhia.

Ach gidheadh, faodar an obair so a choireachadh airson cho beag onoir no urram 's a thugadh dhi air an talamh, far an robh i air a críochnachadh. Ach ma bheachdaicheas sinn gu cubhaidh oirre, is ann tha so 'na chliu dhi an aite bhí'n a mhíchliu: Thruaill am peacadh cail agus faireachduinn dhaoine cho mor agus gu'r h-ann a bhíodh e'n a mhíchliu do'n obair so gu'm biodh i taitneach dhoibh. An so tha maise na h-oibre air a taisbeanadh, gu'n robh i ard os cionn na staid thruagh aingidh sin, a b'e a run a bhí leigheas; agus gu'n d'oibrich i da-ríreadh an t-atharrachadh sin air sloigh do-aireamh do gach uile chinnich.

Oir ged rinneadh tair air crann-ceusaidh Chríod air an talamh, chuireadh onoir gun choimeas air mar an ceudna: Dh'oibriceadh d'a thrid, na caochlaidhean is mo a thachair riamh anns an t-saoghal o'n cheud chruthachadh, no thachras gus an tig Siloh an dara uair;—caochlaidhean is mair-eannaiche na rinneadh riamh le gaisgeich no le prionnsachan anns an t-saoghal. Choisinn agus

thug e buaidh air mor-aireamh do anamaibh, agus shuidhich e ard-uachdranachd thairis air smuaintibh, air toil agus air aignidhean dhaoine. Cumhachd a tha gun lethbhreachd am measg uile chumhachdan an t-saoghail. Thionndaidh e luchd geurleanmhuinn gu bhì'n an Abstoil; agus bha aireamh mhor do Phaganaich, air dhoibh eolas fhaotainn air crann-ceusaidh Chrìosd, a dh'fhuiling bas agus doruinn gu bhì cur onoir air. Dhealraich an solus o'n Ear gus an Iar; bha gach bacadh, cha'n e amhain gun sta, ach a frithealadh d'a adhartachd. Tha na caochlaidhean a rinneadh leis air an cur an ceill air uairibh leis na faidhean anns na briathraibh is oirdheirce. Tha Isaiah a labhairt uime mar so (xxxv. 7)—“Fasaidh am fearann tioram 'n a linne, agus am fearann tartmhor 'n a thobraichean uisge; an aite comhnuidh nan dragon agus 'n an leabaidh, bithidh feur, leis a chuile agus an luachair; thig am fasach fo bhìlath mar an ros.” Dh'oibrich e an t-atharrachadh so'n ar measg-ne ann an eileinean iomallach nan Cinneach. Bu choir dhuinn ar soch-airean a choimeas ri suidheachadh ar'n athraichean mu'n d'fhuair iad eolas air a chuspair bheannaichte so;—chi sinn gu'r h-ann o ghloir a chroinn-cheusaidh a dh'eirich e, gu'm bheil sinne cruinn an diugh anns an aite so, ag aoradh do'n Dia bheo le dochas ri bhì 'ga mhealtuinn gu sìorruidh, an aite bhì ag aoradh do'n ghrein, do'n ghlealaich agus do na reultan, no ag aoradh do iodholan.

Cha'n eil teagamh nach i a bhuidh a th'aig crann-ceusaidh Chrìosd air anamaibh dhaoine 's an taobh a stigh, a tha gu sonruichte, agus anns an

t-seadh is airde, a taisbeanadh a ghloir. Mar thug mi cheana fainear, is anns an anam a tha an cruthachadh nuadh air a dheanadh. Tha Crisod air a dheilbh annta ;—mathair-aobhair agus dochas na gloire. Is obair ghlormhor an obair so ; iomhaigh Dhe air anam duine. Ach do bhrìgh gu'm bheil toraidhean crann-ceusaidh Chrìosd anns an anam, neo-fhaicsinneach, agus am masladh a tha'n a lorg, mar is trice, gle fhollaiseach ;—agus do bhrìgh gu'm bheil a leithid do bhuidh aig eiseimpleir air ar nadur ;—tha e feumail gu'm faigheamaid sealladh air an onoir a chuireadh air a chuspair so, a dh'armaicheadh sinn an aghaidh droch eiseimpleir nan ascreidmheach mhi-cheillidh.

Tha crann-ceusaidh Chrìosd cho neo-choimeasach ann an soillse, is gu'm bheil e air a thaisbeanadh cuartaichte le gloir am fianuis uile chinneich na talmhainn, agus am fianuis iomlanachd na criutheachd, seadh, am fianuis uile ghinealachaibh nan aimsir, agus uile linntean na siorruidheachd. Cha do lion na h-euchdan bu mho a rinneadh riamh air an talamh, le an soillse agus le am buaidh, ach plathadh do thiom, agus earran bheag do'n chruinne. Tha dearsadh soillse a chuspair mhoir so a lionadh uil'-fharsuingeachd na cruitheachd agus na siorruidheachd. Ma ghabhas sinn beachd ceart air a ghloir, chi sinn gu'r cuspair e tha glacadh aire, a sgaoileadh a mach cumhachd, agus a tha'n a bhallamhaire do na h-aimsirean a chaidh seachad, do'n aimsir tha lathair, agus a tha ri teachd ;—do neamh, do'n talamh, agus do ifrinn ;—do ainglibh, do naoimh, agus do dheamhnaibh : Chi sinn gu'r cuspair e tha

na dhoimhneachd iongantais do chreutairean cruth-
 aichte, d'am bheil iad ag altrum ard-urram ; agus
 cuspair anns am bheil riarachadh iomlan aig a
 Chruithfhear neo-chriochnach. Chi sinn a chuid
 is fearr do'n chinne-daona, Eaglais Dhe, le 'suil ris
 re cheithir mìle bliadhna mu'n do thaisbeanadh e ;
 ginealaichean ùra an deigh a cheile ag eiridh suas
 gu bhì ga mholadh agus a cur onoir air, gus nach
 bì aimsir ann ni's mo ; sloigh do-aireamh do
 ainglibh agus do naoimh a sealltuinn air ais air le
 naomh-ghairdeachas trì linn-tean cian na siorruidh-
 eachd. Seargaidh glòir gach ni eile ri uine ; Ma
 thig atharrachadh air glòir a chuspair so, is ann le
 i bhì a sior-mheudachadh. Thig caitheamh as ri
 uine air gathan soluis na greine, agus fasaidh i
 doilleir mar gu'm b'ann le aois ; tha aig a chuspair
 so stor saobhir do ghathan soluis nach urrainn an
 t-siorruidheachd a lughdachadh. Mar bhios naoimh
 agus ainglibh a fas ann an eolas, bidh dealradh a
 chuspair so a sior-fhas ann an soillse. Oir is e an
 t-ascreideamh amhain a tha cur sgaile air a ghathan
 soluis ; ach is anns a bheatha so amhain tha aite aig
 an ascreideamh. Cha'n eil ascreideamh air neamh
 no ann an ifrinn. Bidh roinn mhor do shonus
 neamh ag eiridh o bhì cuimhneachadh air a chuspair
 leis an robh e air a chosnadh ; agus do thruaighe
 ifrinn o bhì cuimhneachadh air a chuspair cheudna
 leis an robh saorsa o'n truaighe sin air a tairgseadh.
 Bidh solus a ghraidh air neamh air a mheudachadh
 leis, agus bheir e air lasraichean ifrinn losgadh le
 barrachd gairge. Cuiridh a ghathan soillse ard-
 sgeimh air rioghachd an t-soluis, ach geur-lotaidh

iad rioghachd an dorchadais. Bidh e'n a chuspair graidh do na naoimh anns an t-solus, ach 'na chuspair grain do shuilean prionnsa an dorchadais agus d'a iochdarain.

Bidh buaidh chumhachdach aig a ghloir air gach aite anns an dealraich i. Bidh iadsan uile a gheibh sealladh dhi air an cruth atharrachadh a dh'ionnsuidh na h-ìomhaigh cheudna (2 Cor. iii. 18). Faodaidh an t-Etiopach a bhi fada gu leoir a sealltuinn air a ghrein ach cha dean sin muthadh air a chraicinn; ach ni an cuspair so atharrachadh air. Leaghaidh e cridheachan fuar agus reota; bristidh e cridheachan cloiche; druighidh e air an *adamaint*; tollaidh e troi dhorchadas tiugh. Nach cothromach a ghoirear dheth, "an solus iongantach" (1 Pead. ii. 9). Bheir e suilean do na doill gu sealtuinn air fein, cha'n ann amhain do na doill, ach do na mairbh mar an ceudna! (Eph. v. 14). Is e solus na beatha e; solus cumhachdach. Tha 'neart os cionn neart an tairneanaich; agus tha e ni's tlaithhe na'n druchd air an fheur mhaoth.

Ach cha chomasach uile-fheartan a lan-chur an ceill, as eugais gu'm b'urrainn sinn lan-chunntas a thoirt air gach òc spioradail agus siorruidh a th' air am bacadh leis;—gach uile shaoibhreas grais agus gloire a cheannaich e, agus an taisbeanadh a thug e air uile bhuidhean na Diadhachd. Buinidh an cliu siorruidh so dha,—mar tha e lan gloire ann fein, gu'n co-phairtich e gloir ris na h-uile a sheallas gu ceart air. Bheir e dhoibh trusgan glormhor fireantachd; Is e an Dia is gloir dhoibh. Gairmear leis iad gu gloir agus deagh bheus. Bheir e

dhoibh Spiorad Dhe agus na gloire. Bheir e dhoibh anns a bheatha so, aoibhneas do-labhairt agus lan do ghloir, agus trom chudthrom siorruidh gloire anns a bheatha tha ri teachd.

Co-pairtichidh e gloir ris gach uile chuspair eile, a reir na daimh a dh'fhaodas a bhi aca ris. Tha e cur ard-mhaise air a chruitheachd. Tha e cur soillse dhealrach air obair naduir agus air fritheal-aidhean an fhreasdail. Is i a ghloir is airde bhuineas do'n t-saoghal iosal so, gu'n robh a Ti a chruthaich e a chomhnuidh ann car seal. Mheasadh fear tighe bochd, mar onoir bhuan d'a bhothan, gu'n do ghabh prionnsa no impire fasnadh uair eigin fo a chleith. Nach mo gu mor a dh'fhaodas am bothan bochd so, an talamh, a mheas mar aobhar uail, gu'n robh Tighearna na gloire a chomhnuidh ann o 'bhreth gu' bhas;—seadh, gu'n d'rinn e gairdeachas anns a chuid a dh'aitichear dheth, mu'n robh toiseach aige, eadhoin o shiorruidheachd! (Gnath viii. 31).

Is i gloir an t-saoghail so gu'n do ghabh an Ti a dheilbh e, comhnuidh ann; gloir na h-aile, gu'n d'analaich e innte; gloir na greine, gu'n do dhealraich i air; gloir na talmhainn, gu'n do ghiulain i e; na fairge, gu'n do choisich e oirre; nan duilean, gu'n d'eiridnich iad e; nan uisgeachan, gu'n d'uraich iad e; agus gloir dhaoine, gu'n robh e beo agus gu'n do bhasaich e'n am measg, seadh, gu'n robh e beo agus gu'n do bhasaich air ar son-ne; gu'n do ghabh e ar fuil agus ar feoil air fein, agus gu'n do ghiulain e leis iad do na neamhan is airde, far am bheil ar nadur a dealradh mar mhaise agus mar iongantais siorruidh cruthachaidh Dhe.

Tha e mar an ceudna cur dealradh soillse air Freasdal Dhe. Is e am prìomh nì e tha sgeadachadh eachdraidh nan aimsir le maise; agus a cur beothalachd ann an eachdraidh na cruitheachd. Is e glòir fhrithealaidhean mora eagsamhuil an Fhreasdail, gu'm bheil iad uile ag aomadh a dh'ionnsuidh a chuspair so mar an ceann-uidhe; gu'n d'ull- aich iad an t-slighe airson a theachd; agus an deigh a theachd, gu'm bheil iad a frithealadh d'a uile chrìochan; ged is ann, da-rìreadh, ann an rathad a tha fathast dhuinne, diomhair agus do-rannsachaidh. Ach air so tha fios againn, gu'm bheil iad a coimh- lionadh geallaidhean ar-neo bagraidhean a Chrìosd ud a chaidh a cheusadh; agus a taisbeanadh sonus na muinntir a ghabhas ris, cho math ri truaighe na muinntir a chuireas cul ris.



X

